fèisean
NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Dihaoine 8mh Màirt 2024 bho 2f ann an Taigh-òsta Muilnean an Rìgh, Inbhir Nis

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh ann an Taigh-òsta Muilnean an Rìgh, Inbhir Nis, bho 2f, Dihaoine 8mh Màirt 2024

Clàr Chùisean

1.2024.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann
(e) Oifigearan a' Bhùird agus ball Fèis Blas Earranta a thaghadh — Airson Aontachaidh

1.2024.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c) Lèirmheas air pròGram bhon Dùbhlachd 2023 agus sùil air adhart — Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(d) Gnìomhan bho chòmhraidhean aig co-labhairt 2023 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(e) Ag obair le Ùghdarrasan Ionadail: Stiùireadh do na Fèisean — Airson Deasbaid agus Aontachaidh

1.2024.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2023-24 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Suimeannan airgid anns a' bhanca agus am fiosrachadh as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2023 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d) Dreach Bhuidseat 2024-25 — Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(e) Tabhartasan nam Fèis 2023-24 — Airson Fiosrachaidh
(f) Cùmhnantan Maoineachaidh — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(g) Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màirt 2024 — Aithris airson Aontachaidh

1.2024.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh

1.2024.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Co-labhairt 2023 agus beachd mu thachartas 2024 — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Stòrasan Alba Chruthachail: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig — Aiirson Fiosrachaidh

1.2024.06 EILE

(a) G I S B E
(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh: 24.05.2024 — Airson Fiosrachaidh
(c) Obair Chothromach: Tuarastail - air a ghabhail gu prìobhaideach — Aiirson Fiosrachaidh agus Deasbaid

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird-stiùiridh a chaidh a chumail ann an Cùirt an Easbaig, Inbhir Nis, Dihaoine 8 Dùbhlachd 2023 bho 11:30m.

4.2023.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Anna Mhoireach (Cathraiche), Cailean Sandilands, Seòras Stoddart, Raonaid Lincoln, Carola NicCaluim, Iain MacAsgaill, Alasdair Paul, Krisell Dhòmhnallach, Tòmas Dòmhnallach, Ceitidh NicAonghais, Gwen NicGuaire, Sarah-Jane Shankland, Muriel NicAibhne, Steafan Kellow (Bòrd na Gàidhlig), Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail) – air loidhne), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Calum Macmhaoilein (a' frithealadh) agus Luke Slater (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar aon.

(b) Leisgeulan

Ciorstaidh NicDhùghaill (Iar-chathraiche), Anna NicAmhlaidh, Angela Mack, Lena Nic an Fhùcadair (Comhairle na Gàidhealtachd), Ciorstaidh NicMhaois (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Donnchadh MacNìll (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Morag Anna NicLeòid NicMhìcheil (Comhairle na Gàidhealtachd) agus Iain A MacÌomhair (CnES).

Chuir Anna Mhoireach fàilte air a h-uile duine don choinneimh. Bha an ùine aice air a' Bhòrd air tighinn gu crìch agus thug i taing don a h-uile duine airson an taic fhad 's a bha i sa chathair. Ghabh i os làimh a' choinneamh a stiùireadh gus an rachadh Cathraiche ùr a thaghadh.

Thugadh fainear do bhàs Fionnghal NicAonghais, a bha roimhe na h-oifigear leasachaidh againn agus chaidh co-fhaireachdainn a chur an cèill do Shiobhan, an nighean aice, agus do theaghlach Fhionnghail gu lèir.

Chaidh co-fhaireachdainn a chur an cèill do theaghlach Mhìchel MhicSuibhne bho Fhèis Dhùn Bhreatainn an Iar, a bha roimhe na bhall de Bhòrd Fèisean nan Gàidheal, a dh'eug o chionn ghoirid.

Chaidh co-fhaireachdainn a chur an cèill do dh'Anna Mhoireach, a chaill a bràthair, agus do dh'Anna NicAmhlaidh, a chaill a pàrantan-cèile.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas a chuairteachadh bhon choinneimh a chaidh a chumail air 29 Sultain 2023.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Ceitidh NicAonghais is Alasdair Paul a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

A thaobh Co-labhairt Bhliadhnail 2023, thugadh fainear gu bheil òraidean bho na diofar seiseanan fiosrachaidh a-nis air loidhne.

Chaidh innse gun tèid ceisteachan a chuairteachadh ag iarraidh fiosrachadh air ais don fheadhainn a bha an làthair is cuideachd do bhuill comataidh nam Fèisean, buill a' Bhùird is an luchd-obrach air fad. Bha e airson beachdan a shireadh air dè dh'oibrich gu math agus an robh feum no iarraidh fhathast aig Fèisean nan Gàidheal air cruinneachadh bliadhnail de a leithid.

(e) Fàilte air buill ùr a' Bhùird agus taghadh luchd-dreuchd

An dèidh dòigh ainmeachaidh fhosgailte, chuireadh fàilte air sianar bhall Bùird ùra aig a' choinneimh: Raonaid Lincoln (Fèis Lochabair), Iain MacAsgaill (Fèis an Rubha), Krisell Dhòmhnallach (Fèis Eilean an Fhraoich), Tòmas Dòmhnallach (Fèis Tìr a' Mhurain) Muriel NicAibhne (Fèis an Tairbeirt) agus Gwen NicGuaire (Fèis na Linne/Fèis an Earraich).

Mar thoradh air taghadh nam ball ùra, leig Anna Mhoireach, Anna NicAmhlaigh, Angela Mack, Cailean Sandilands, Sarah-Jayne Shankland agus Seòras Stoddart dhiubh an dreuchd.

Chaidh Carola NicCaluim ainmeachadh na Cathraiche, air a moladh le Ceitidh NicAonghais le taic bho Thòmas Dhòmhnallach.

Chum Anna Mhoireach oirre sa chathair airson na coinneimh an dèidh do Charola sin iarraidh oirre.

Chaidh Alasdair Paul ainmeachadh mar Rùnaire na Companaidh, air a mholadh le Ceitidh NicAonghais le taic bho Khrisell Dhòmhnallach.

Chaidh aontachadh taghadh an Ionmhasair fhàgail gu coinneamh na Màirt 2024, is gheibhteadh a-mach roimhpe bho Chiorstaidh NicDhùghaill an robh i airson cumail oirre na h-Iar-chathraiche.

4.2023.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg a chuairteachadh le Art MacCarmaig air adhartas a' phròg ram-obrach gu deireadh na Sultaine 2023.

Mhìnich Art MacCarmaig an aithisg do bhuill ùr a' Bhùird agus bha e toilichte a ràdh gun robh a' chuid as motha de na gnothaichean dèante, no mar a bhiodh dùil riutha aig an àm seo den bhliadhna.

Thug buill a' Bhùird fainear don aithisg.

(b) Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean air adhartas bhon luchd-obrach a chuairteachadh.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha sna h-aithisgean agus thug an Cathraiche taing do na h-uile airson farsaingeachd na h-obrach san robh iad na lùib.

Chuir am Bòrd meal a naidheachd air Eilidh NicCarmaig, Rianaiche Fèisgoil, an dèidh dhi Duais Bana-sheinneadair Gàidhlig na Bliadhna-sa fhaighinn ann an Duaisean Dual-cheòl na h-Alba MG Alba.

(c) Blas 2023 agus 2024

Dh'innis Calum Ailig MacMhaoilein mu aithisg air Blas 2023. Ged a bha an fhèis na bu lugha am-bliadhna, chaidh leatha gu math, le làn-phròg ram do choimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd is cuid de na h-Eileanan an Iar. Chaidh cuid de na tachartasan a shruthadh air loidhne, an-asgaidh, le àireamh fhalainn de luchd-coimhead. Fhuaras fios glè mhath air ais bhon luchd-coimhead agus chòrd e gu mòr riutha.

Thug buill a' Bhùird fainear don aithisg agus bha iad toilichte gun deach gu math le fèis 2023.

Thugadh fainear, a bharrachd air leigeil dheth a dhreuchd bho Bhòrd Fèisean nan Gàidheal, gun robh Seòras Stoddart air a ràdh gum bu toigh leis a dhreuchd a leigeil dheth bho Bhòrd Fèis Blas Earr. Dh'aithnicheadh le taing, meud na chaidh a dhèanamh le Seòras fad ùine mhòir agus chaidh aontachadh gum bu chòir bruidhinn air riochdaire eile a chur na àite aig an ath-choinneamh de Bhòrd Fèisean nan Gàidheal.

Dh' innis Art MacCarmaig gun robh coinneamh air a bhith ann air 28 Samhain le riochdairean Comhairle na Gàidhealtachd airson dèanamh soilleir dhaibh a' bhuaidh a bha aig cosgaisean sìor-èirigh air comas Fèisean nan Gàidheal cumail a' dol le Blas a thoirt gu buil leis na bha ann de mhaoineachadh a bha aca an-dràsta. Chaidh bruidhinn air gnothaichean eile agus chaidh iarraidh air oifigirean tilleadh don Chomhairle le iarrtas air tuilleadh maoineachaidh.

Dh' aontaich buill a' Bhùird bruidhinn air Fèis Blas Earr. aig an ath-choinneimh agus thug iad fainear don t-suidheachadh a thaobh còmhraidhean ri Comhairle na Gàidhealtachd.

(d) Sùil air ais air a' chlàr bhon Dàmhair is sùil air adhart

Chuir Art MacCarmaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum A Macmhaoilein lèir-chunntas an cèill air a' chlàr-obrach aig Fèisean nan Gàidheal a tha a' dol an-dràsta is ri tighinn:

- Dh' innis Art mu cho-labhairt ann an Conamara, Seachdain na Gàidhlig is cuideachd iarrtasan maoineachaidh do dh'Alba Chruthachail is do Bhòrd na Gàidhlig a tha e air ullachadh.
- Dh'innis Calum mu Fhèisean an fhoghair, Cèilidhean air Chuairt, 5 Latha 2024, Fuaran agus Turas.
- Dh'innis Eilidh mun phanto, Acadamaidh a' Mhòid, Tabhaich agus co-obrachadh dràma còmhla ri Cùirt an Easbuig. Cuideachd thuirt i gun deach maoineachadh airson Blasad Gàidhlig bho cho-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail a lùghdachadh. A dheòidh sin, bhathar air tuilleadh maoineachaidh a shireadh bho Riaghaltas na h-Alba airson an t-seirbhis a chumail a' dol sa bhliadhna ùir.

Thug buill a' Bhùird fainear don ùrachadh is do na prìomhachas sna mìosan romhainn.

4.2023.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus Cosgaisean 2023-24

Bhathar air aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a chuairteachadh a bha a' sealltainn teachd-a-steach is cosgais le gnothaichean ionmhais gu 28 Samhain 2023.

Thug buill a' Bhùird fainear do shuidheachadh an ionmhais gu ruige seo.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £10,864.78
- Cunntas Àrd-rèidh - £124,796.25
- Cunntas Blas - £5,514.78
- Cunntas Leasachaidh - £8,649.80
- Urras Cobhair Carthannais (UCC) - £386,085.78

Mhìnich Anna Willoughby cunntas-tasgaidh UCC gu leas nam ball ùr a' Bhùird.

Thug buill a' Bhùird fainear do na suimean.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2023

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh.

Chaidh aithisg OSCR a chrìochnachadh o chionn ghoirid agus thèid fiosrachadh Taigh nan Companaidhean ùrachadh san t-seachdain a tha romhainn airson ballrachd ùr a' Bhùird a shealltainn.

Thugadh mìneachadh de na cunntasan do bhuill ùr a' Bhùird.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha anns na cunntasan.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2023-24

Bhathar air liosta de na tabhartasan aontaichte do na Fèisean a chuairteachadh agus chaidh innse gun rachadh na Fèisean a phàigheadh nuair a bha feum aca air.

Mhìnich Anna Willoughby na bha ann an clàr tabhartasan do na Fèisean.

Thugadh fainear, ged a chum CnES taic ri chuid de dh'obair Fèisean nan Gàidheal, gun deach maoineachadh taic nam Fèisean fhèin gu dìreach bhon Chomhairle. Bha Art MacCarmaig is Calum Macmhaoilein air coinneachadh ri CnES sa Ghiblean 2023 agus bha comhairlichean air a bhith taiceil ri obair na buidhne is dh'fhairich iad gun leanadh maoineachadh nam Fèisean ionadail air.

Thug buill a' Bhùird fainear don fhiosrachadh ùr seo air maoinean.

(e) Aontaidhean Maoineachaidh

Bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh leis an fhiosrachadh as ùire do bhuill a' Bhùird air ìre nan aontaidhean le prìomh-luchd-maoineachaidh Fèisean nan Gàidheal.

Dh'innis Siobhan NicAnndrais gun d' fhuaras àireamh mhòr de dh'iarrtasan airson maoineachadh ioma-bhliadhnail aig Alba Chruthachail agus dhaingnich i gum faighteadh stiùireadh air ìre 2 den iarrtas san Fhaoilleach le tagraidhean foasgailte sa Mhàirt don fheadhainn a chaidh leotha aig ìre 1.

Dhaingnich Steafan Kellow gun robh e coltach gun rachadh co-dhùnadh air ar n-iarrtas do Bhòrd na Gàidhlig airson maoineachadh ioma-bliadhnail fhoillseachadh ron Nollaig.

Thug buill a' Bhùird fainear gun robh a' bhuidheann a' dèanamh a dìchill gus deagh dhàimh a chumail ri buidhnean maoineachaidh.

Thug an Cathraiche taing do ar com-pàirtichean maoineachaidh airson am misneachd leantainneach sa bhuidhinn.

4.2023.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Am fiosrachadh as ùire

Thugadh fainear, ged a bha Calum Friseal air dreuchd Oifigear Leasachaidh làn-ùine san h-Eileanan an Iar a ghabhail os làimh, gum bu toigh leinn fhathast dreuchd bhàn eile Oifigear Leasachaidh a lìonadh, ma 's e 's gum fàs suidheachadh an airgid nas cinntiche.

Thugadh fainear gun robhar a' dèanamh mheasaidhean an luchd-obrach an-dràsta fhèin.

(b) Obair Chothromach air Thoiseach is Tuarastalan 2023

Dh' innis Art MacCarmaig mu aithisg air ceisteachan na h-Obrach Cothromaich a chaidh a lìonadh leis an luchd-obrach air fad. Bha a' mhòr-chuid aca toilichte le an cuid obrach is bha feadhainn aca airson daingneachadh gun robh an tuarastal aig an aon ìre ri buidhnean eile.

Rachadh tuarastalan am meud aig an aon ìre ri aontaidhean ùghdarrasan ionadail, ged is dòcha gum feumteadh cuid den airgead-tasgaidh a chleachadh airson rèiteachadh na bliadhna-sa a choileanadh.

Gheibhear pàipear deasbaid aig an ath-choinneimh mu ìre nan tuarastalan ann an dà-rìreabh seach mar bu chòir do thuarastalan a bhith nam biodh iad air ceum a chumail ri atmhorachd. Dh'fheuchadh seo ri coimeas a dhèanamh eadar tuarastalan aig Fèisean nan Gàidheal is aig buidhnean eile coltach ris cuideachd.

4.2023.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Lùghdachadh Gualain: Aithisg Bhliadhnail

Bhathar air aithisg le Anna Willoughby a chuairteachadh san deach aire a thoirt don duilgheadas ann a bhith a' dèanamh choimeasan bho bhliadhna gu bliadhna. Gu tric 's e pròiseactan ùra no aon uair a-mhàin a bha ann an obair Fèisean na Gàidheal, mar thoradh air an sin bha diofar ìrean de chleachdadh gualain ann.

Thugadh fainear gun robh Fèisean nan Gàidheal, ag obair còmhla ri Gualan Cruthachail Alba, air a bhith an lùib cur ri chèile Cairt nan Ealan Uaine a dh'fhoillsicheadh san t-Samhain.

Bha Co-ionad Aimsir na Gàidhealtachd is nan Eilean air òraid a ghabhail aig a' cho-labhairt san t-Sultain, is an lorg sin chaidh stiùireadh ullachadh a chuidicheadh le luchd-obrach, comataidhean is oidean nam Fèisean, is bha dreachd dhe sin an cois pàipearan a' Bhùird.

Thug buill a' Bhùird taing do dh'Anna airson a h-obair a' leasachadh Cairt nan Ealan Uaine, thug iad fainear do na bha anns an aithisg agus do na ceumannan a bha air an gabhail gus cleachdadh a' ghualain a lùghdachadh agus am feum a bha air Plana Cur an Gnìomh a leasachadh.

(b) Maoinean Alba Chruthachail: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig

Bhathar air fiosrachadh air an dà mhaoin aig Alba Chruthachail a tha fo rianachd Fèisean nan Gàidheal a chuairteachadh air thoiseach air a' choinneimh.

Mhìnich Art MacCarmaig an dà chothrom maoineachaidh do bhuill ùr a' Bhùird.

Thug buill a' Bhùird fainear don t-suidheachadh an-dràsta a thaobh Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.

4.2023.06 EILE

(a) A O C B

Cha robh an còrr gnothaich ann is thug an Cathraiche taing do bhuill a' Bhùird is don luchd-obrach air fad airson na rinn iad agus do dh'Aonghas MacLeòid airson eadar-theangachadh mar aon.

Thug Art MacCarmaig taing do bhuill a' Bhùird a bha a' fàgail às leth an luchd-obrach.

(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh agus coinneamhan eile 2024

Chaidh làithean ath-choinneamhan a' Bhùird ann an 2024 a dhaingneachadh mar:

- 8 Màrt
- 24 Cèitean
- 27 Sultain
- 6 Dùbhlachd

Fèisean nan Gàidheal

Oifigearan a’ Bhùird agus ball Fèis Blas Earranta a thaghadh
Àireamh air a’ Chlàr Chùisean: 1.2024.01(e)

Adhbhar a’ Phàipeir
Gus dreuchdan a dhearbhadh ris nach deach dèiligeadh aig a’ choinneimh mu dheireadh den Bhòrd.

Bun Fhiosrachadh
Bidh cuimhne aig buill a’ Bhùird gun deach aontachadh, aig coinneamh a’ Bhùird san Dùbhlachd 2023, fastadh Iar-chathraiche a chur dheth agus gun tèid beachdachadh air an dreuchd sin aig a’ choinneimh seo. Chaidh innse cuideachd gun biodh feum beachdachadh air riochdaire bhon Bhòrd air Blas Festival Earr.

Dreuchdan Bàn
'S e Rùnaire an aon dreuchd laghail a dh'fheumas a bhith aig companaidh a leithid Fèisean nan Gàidheal. Gu dearbh, tha feum air Cathraiche cuideachd gus dèanamh cinnteach gun tachair coinneamhan Bùird gu cunbhalach agus gus sùil a thoirt air riaghladh neo-eisimeileach bho na h-oifigearan.

Chaidh Carola NicCaluim ainmeachadh mar Chathraiche agus Alistair Paul mar Rùnaire aig coinneamh a’ Bhùird san Dùbhlachd 2023.

Tha e an urra ris a’ Bhòrd co-dhùnadh a ruighinn a bheil dreuchdan eile riatanach.

Suas chun an taghadh o chionn ghoirid, a bharrachd air Cathraiche agus Rùnaire, bha Iar-chathraiche agus Ionmhasair aig Fèisean nan Gàidheal.

Cha robh an Iar-chathraiche a th' ann an-dràsta, Ciorstaidh NicDhùghaill, an làthair aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd agus cha robh e soilleir an robh i airson cumail oirre san dreuchd sin. Mar sin, chaidh aontachadh co-dhùnadh air taghadh Iar-chathraiche a chur dheth gus an cuala sinn bho Chiorstaidh.

Tha roghainn ann cuideachd Ionmhasair a bhith againn ach leis gum bi gach ball den Bhòrd a’ faighinn aithisgean ionmhais meadhanach farsaing dh’fhaodadh nach bi feum air an dreuchd seo.

Mar as trice bidh an Iar-chathraiche a’ gabhail àite a’ Chathraiche agus a’ stiùireadh choinneamhan a’ Bhùird nuair nach eil i an làthair. Faodaidh i cuideachd a bhith na neach-labhairt anns na meadhanan, ma bhios feum air a leithid, ann an aonta leis a’ Chathraiche.

Bhiodh Ionmhasair a’ cumail sùil air ionmhas Fèisean nan Gàidheal aig ìre a’ Bhùird agus dh’ fhaodadh gum biodh e airson co-obrachadh gu dìreach leis a’ Cheannard agus am Manaidsear Gnìomha a thaobh cùisean sam bith gus am biodh mion-fhiosrachadh ri làimh gus còmhraidhean a stiùireadh aig coinneamhan den Bhòrd.

Chaidh innse cuideachd aig a’ choinneimh mu dheireadh gun robh Seòras Stoddart, a bha na riochdaire de Bhòrd Fèisean nan Gàidheal air Bòrd Blas Festival Earr, air co-dhùnadh tarraing a-mach às an dreuchd sin leis gun tàinig an ùine aige air a’ Bhòrd gu ceann.

Tha Blas Festival Ltd na chompanaidh a tha gu tur an seilbh Fèisean nan Gàidheal, clàraichte ann an Alba, àireamh SC308889. Chan eil e na charthannas agus ‘s ann le Fèisean nan Gàidheal a tha an aon earrann sa chompanaidh.

Chaidh a’ chompanaidh a stèidheachadh bho thùs gus com-phàirteach a dhèanamh a thaobh pròg ramadh agus leasachadh Fèis Bhlas. Bha triùir riochdairean bho Fèisean nan Gàidheal agus triùir riochdairean bho Chomhairle na Gàidhealtachd air a’ Bhòrd, leis a’ Chathraiche air a thaghadh bho riochdairean Fèisean nan Gàidheal.

Ann an da-rìribh, bha e air leth duilich riochdairean bho Chomhairle na Gàidhealtachd a thàladh do choinneamhan Bùird Fèis Blas Earr. Tha gnìomhachd na companaidh air a bhith air a stiùireadh le riochdairean Fèisean nan Gàidheal a-mhàin thar nan 4-5 bliadhna a dh’fhalbh.

Tha buannachdan ann a bhith a’ cumail Fèis Blas Earr. mar bhuidheann fa-leth. Bu chòir fios a bhith aig buill a’ Bhùird gu bheil cunntasan fa-leth gan ullachadh le Mann Judd Gordon airson a’ chompanaidh. Tha cunntasan bonntaichte gan ullachadh a tha a' toirt còmhla gnìomhan ionmhais Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Blas Earr.

Chaidh Ceannard agus Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal fhastadh mar riochdairean còmhla ri Seòras Stoddart. Bhiodh Art MacCarmaig agus Calum Macmhaoilein toilichte cumail a’ dol nan dreuchdan ach dh’fhaodadh gum biodh Bòrd Fèisean nan Gàidheal airson riochdairean eile fhastadh.

Fhad ‘s a bha Seòras Stoddart na riochdaire air Bòrd Fèisean nan Gàidheal bha e, gu h-ainmichte, na Chathraiche air Buidheann Phròġramaidh Blas. ‘S e seo buidheann de bhuill Bùird Fèis Blas Earr. le luchd-obrach a bharrachd aig Fèisean nan Gàidheal agus cuid den buidhnean coimhearsnachd ealain leis a bheil an fhèis ag obair. Bha dithis riochdaire òg againn air a’ bhuidheann cuideachd. Bidh a’ bhuidheann seo a’ coinneachadh 3 no 4 tursan sa bhliadhna gus beachdachadh air pròġram Fèis Bhlas agus aontachadh dè na tachartasan a bhios ann. Bhiodh e feumail, ged nach eil e riatanach, gum biodh Cathraiche Fèis Blas Earr. a’ frithealadh nan coinneamhan sin.

Gnìomh a dhìth

1. Thathar ag iarraidh air buill a’ Bhùird:
2. Fa-near a thoirt don fhiosrachadh a chaidh a thoirt seachad
3. A rèir suidheachadh Ciorstaidh NicDhùghaill, a dearbhadh mar Iar-Chathraiche neo cuir Iar-chathraiche ùr an dreuchd
4. Co-dhùnadh a dhèanamh a bheil feum air Ionmhasair agus, ma tha, ball a thaghadh don dreuchd sin agus
5. Ball ùr, neo buill, a chur an dreuchd air Bòrd Blas Festival Ltd.

Art MacCarmaig
Ceannard
Am Màrt 2024

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2024.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne san treas ràith de 2023-24 gu 31 Dùbhlachd 2023.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal airson 2023-28.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Tha diog (√) fo AC1 – AC60 a' comharrachadh far a bheil clach-mhìle nar pròram a' cur ri àrd-amasan Freàm-obrach Ro-innleachdail Alba Chruthachail fo Càileachd is Amasachd (CA); Com-pàirteachadh (C); Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII); So-sheasmhach Àrainneachail (SA); Obair Chothromach (OC) agus Eadar-nàiseanta (E).

Àir.		Raon sa Phlana Pròraim	Adhartas	Clachan-mìle Ìre					
				CA	C	CII	SA	OC	E
Alba Chruthachail - Clachan-mìle									
AC1	Maoin luach mu £210k air aontachadh do na Fèisean ron Chèitean 2023.		Chaidh tabhartasan luach £213,104 aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC2	Taic airson co-dhiù 3 pròiseactan rè 2023-24 ag amas air pròmhachasan sònraichte.		Chaidh £3,968 a thoirt seachad gu deireadh R3. Faicibh AC5 gu h-ìosal.	√	√	√	√	√	√
AC3	Maoin air aontachadh do luchd-rianachd tro uairean bliadhnail ron Chèitean 2023.		Chaidh tabhartasan nan uairean bliadhnail, luach £10,998, aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC4	Àrachas air a chur air dòigh do na Fèisean ron Ghiblean 2023.		Chaidh seo a chur air dòigh agus tha àrachas ri fhaighinn do gach ball taobh a-staigh cìsean ballrachd na buidhne.	√	√	√	√	√	

AC5	Taic-airgid a bharrachd air aontachadh nuair a bhios feum airson leasachaidhean ro-innleachdail, gu sònraichte ma bhios maoin a dhìth airson ath-shlànachadh an dèidh Covid no airson dèiligeadh ri cosgaisean a' sìor èirigh.		Chaidh Fèis an Iar Thuath ath-stèidheachadh an dèidh beagan bhliadhnaichean agus chaidh taic a thoirt dhi airson a dhèanamh cinnteach gun gabhadh a cur air cois gu soirbheachail.	√ √ √ √ √ √
AC6	Conaltradh cunbhalach le Fèisean tron bhliadhna agus aig ar Co-labhairt san t-Sultain 2023.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean aca agus tha seiseanan air-loidhne air leantainn a' dèiligeadh ri cuspairean sònraichte. Tha a' mhòr-chuid de dh'Fèisean na bliadhna-sa air a bhith gu math soirbheachail le àireamhan chom-pàirtichean a' ruighinn nan ìrean a bh' ann ro chovid. Tha cuid de na Fèisean air a bhith a' dèiligeadh ris an àireamh a bu mhotha riamh. Tha seo glè bhrosnachail agus nì sinn cinnteach gu bheil uallaichean nan saor-thoilich air a lùghdachadh cho mòr 's a ghabhas. Chaidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt air adhart air 29 agus 30 Sultain. Bha Jenny Gilruth BPA, Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean, againn air aoigheachd. Am measg nan cuspairean air an robh còmhraidhean bha leudachadh cleachdadh na Gàidhlig anns na Fèisean, mar a ghabhadh barrachd a dhèanamh airson dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus chaidh sùil a thoirt air riaghailtean ùra co-cheangailte ris an sgeama PVG.	√ √ √ √
AC7	Iasadan de ionnsramaidean an-asgaidh le dùil ri amannan trang nuair bhios na Fèisean a' ruith gu h-àbhaisteach.		Tha na Fèisean a' faotainn ionnsramaidean a rèir feum agus bidh iad air mhàl aig daoine fa leth aig amannan eile. Tha sinn an dùil barrachd ionnsramaidean a chur ris an stòras againn ach bidh seo an urra ri cosgais.	√ √ √ √
AC8	Òigridh a thoirt a-steach air *Beairteas*, obair samhraidh, buidheann-prògramaidh Bhlas agus Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal.		Tha òigridh an sàs aig ìre a' Bhùird agus bha tro obraichean samhraidh. Tha sinn an dùil barrachd òigridh a thrusadh fhad 's a bhios pròiseactan a' dol air adhart ach tha coltas ann gum bi seo a' tachairt nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	√ √ √
AC9	A' dealbhachadh ghoireasan ùra airson seirbheis *Oide* ron Ghearran 2024 ma bhios maoin gu leòr againn.		Aig an ìre seo tha dùil againn 3 sreathan ùra a chur a-mach gu tairgse ann an R4.	√ √ √ √ √ √
AC10	Clàraidhean ùra de dh'òrain traidiseanta ri fhaighinn tron phròiseact Fuaran ron Fhaoilleach 2024.		Chaidh clàraidhean fuaime a dhèanamh den buidheann ùr de sheinneadairean ro dheireadh na Sultaine agus bhideothan ro dheireadh na Samhna. Tha na bhideothan a-nise air an làracah-lìn agus thèid am foillseachadh gu h-oifigeil ann an Seachdain na Gàidhlig sa Ghearran 2024.	√ √ √
				√ √ √ √

AC11	Sgeama PVG a chumail a' dol airson dìon a thoirt air clann is inbhich.		Tha seo a' dol air adhart le sgrùdaidhean gan dèanadh às leth Fèisean ionadail. Bha 94 deuchainnean air iarraidh gu deireadh R3.	
AC12	Bidh trèanadh ann do dh'oidean, nuair a bhios feum, airson a dhèanamh cinnteach gu bheil iad gan dìon fhèin agus càch bho Chovid fhad 's a tha e fhathast ann.		Tha Covid fhathast na chunnart agus bidh beachdachadh air sin, cho math ri cunnartan eile, ann an trèanadh sam bith do dh'oidean agus a' cur ar pròg ram an sàs.	√ √ √ √
AC13	Trèanadh do cho-dhiù 20 oide ann an sgilean teagaisg rè 2023-24.		Ghabh 19 oidean com-pàirt ann an tachartas ann an Inbhir Nis sa Chèitean. Tha sinn a' co-obrachadh le Eden Court airson trèanadh do dh'oidean dràma a chur air dòigh sa Ghearran 2024.	√ √ √ √
AC14	Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig do cho-dhiù 20 oide rè 2023-24.		Chaidh seisean a chumail ann an R1 le 11 com-pàirtichean agus tha Ingrid NicEunraig gu bhith a' lìghrigeadh sheiseanan ann an R4 air cleachdadh na Gàidhlig ann am Fèisean cho math ri briathrachas cìuil.	√ √ √ √ √
AC15	Co-dhiù 10 seiseanan trèanaidh do luchd-eagrachaidh nam Fèisean, a rèir feum, agus aig ar co-labhairt bhliadhnail san t-Sultain 2023.		Chaidh 15 seiseanan a thabhann gu deireadh R3 le 80 com-pàirtiche.	√ √ √ √ √
AC16	Co-dhìu 4 làithean-trèanaidh gu bhith ann do luchd-obrach ann an 2023-24 le feumalachdan fa leth air an comharrachadh tro mheasaidhean agus trèanadh freagarrach ga chur air dòigh.		Ghabh luchd-obrach pàirt ann an latha trèanaidh Gàidhlig san Òg mhios agus bùth-obrach ann an eadar-theangachadh mar aon san Dùbhlachd. Chaidh sgilean Gàidhlig a thogail tro mheasaidhean agus tha rannsachadh ga dhèanamh air cùrsaichean/fuasglaidhean freagarrach.	√ √ √ √
AC17	Co-obrachadh le Colaiste Taobh Siar na Gàidhealtachd OGE airson cothrom a thoirt do 12 òganach teisteanas fhaighinn airson an cuid sgilean taisbeanaidh agus obair fuaime.		Chaidh an obair seo a thoirt air adhart aig Fèis Alba sa Phloc anns an luchar air tabhann do na com-pàirtichean uile. Ghabh ochdnar an cothrom air teisteanas fhaotainn bho OGE.	√ √ √
AC18	Sgilean cruinneachaidh agus tàr-sgrìobhaidh òrain agus gan glèidheadh an cruth didseatach a thoirt do 6 a bhios an sàs ann am Fuaran.		Faicibh AC10. Tha an obair seo air a bhith a' dol air adhart le dùil gum bi na bhideothan aig na seinneadairean ri fhaicinn sa bliadhn' ùr.	√ √ √
AC19	Sgilean taisbeanaidh agus fiosrachadh mu ghnìomhachais a' chiùil ann airson timeachall air 12 an sàs ann am Fèis Alba.		Bha seiseanan air sgilean taisbeanaidh agus fiosrachadh mu ghnìomhachais a' chiùil aig luchd com-pàirt Fèis Alba sa Phloc anns an luchar.	√ √ √ √
AC20	Cothroman a chruthachadh do luchd-ealain sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro choimisean ùr aig Blas agus ann an suidheachaidhean eile a rèr na bhios ann de mhaoin.		Chaidh coimisean Blas 2023 a shanasachd agus fhuair sinn an àireamh a bu mhotha riamh de thagraichean. B' e Eòghan MacEunraig a shoirbhich agus chaidh an ceòl ùr aige, fon ainm *Lèirsinn,* a thaisbeanadh aig trì cuirmean aig Blas ann an R2 agus bidh e ri chluinntinn a-rithist aig Celtic Connections san Fhaoilleach 2024.	√ √ √ √ √ √

AC21	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail, a leithid fèilltean obrach ann an sgoiltean is eile.		Thàinig cuiridhean bho sgoil no dhà agus tha sinn air dearbhadh gum bitheamaid deònach pàirt a ghabhail ann an seiseanan a' togail aire do dhreuchdan ann an Gàidhlig agus anns na h-ealain. Chan eil seo air a dhol air adhart fhathast. Ghabh luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal pairt ann an fhèill dreuchdan Gàidhlig, SIUTHAD, san t-Samhain. Faicibh CEB9 gu h-ìosal airson iomradh air iomairt ann an cuid de sgoiltean Earra-Ghàidheil co-cheangailte ri obraichean is gnìomhachasan far an gabhadh a' Ghàidhlig a chleachdadh. Tha tòrr chothroman aig òigridh, tron phròg ram againn, eòlas a chur air obair anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail tro chothroman-teagaisg aig Fèisean agus ann an obair Fèisgoil agus tha seo air a bhith fìor ann an R3.	√ √ √ √ √
AC22	Obair margaideachd tron bhliadhna air seirbheisean Fèisgoil na buidhne aig a leithid An t-Alltan, tachartas airson leasachadh proifeiseanta leantainneach ann am foghlam Gàidhlig.		Tha obair Fèigoil air a sanasachd ann an iomadh dòigh. Chaidh iomradh a thoirt air an t-seirbheis ann an taisbeanaidhean do Chomhairle nan Eilean Siar agus Bòrd na Gàidhlig. Bha toraidhean na h-obrach follaiseach aig co-labhairt foghlam Shabhal Mòr Ostaig san Òg mhios cuideachd.	√ √ √ √ √
AC23	A' lìbhrigeadh 10 seiseanan ann an ceòl traidiseanta ann an 178 sgoiltean air a' Ghàidhealtachd tron Iomairt Chiùil Òigridh a rèir cùmhnant le High Life na Gàidhealtachd.		Tha leasanan ICO air a' Ghàidhealtachd a leantainn anns a' bhliadhna-sgoile 2023-24 do chòrr is 3,000 sgoilear. Tha aig gach sgoilear ri earrann de dh'òran Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir ionnsachadh, a' comharrachadh 300 bliadhna bho rugadh am bàrd. Tha sinn cuideachd air leasanan seinn a lìbhrigeadh ann an Uibhist is Barraigh às leth Chomhairle nan Eilean Siar agus ghabh 413 pàirt ann an 97 leasanan seinn ann an 6 sgoiltean rè R3 le tuilleadh leasanan ri thighinn thairis air a' bhliadhna sgoile.	√ √ √ √ √
AC24	Obair a ghabhail os làimh ann an sgoiltean ag ullachadh òigridh airson com-pàirt ann am farpaisean seinn is ciùil aig Mòd Phàislig 2023 a' co-obrachadh leis a' Chomunn Ghàidhealaich agus Comhairle Rinn-Friù.		Thòisich an obair seo ann an R1, le taic-airgid bho Chomhairle Rinn-Friù. Lean an obair ann an Q2 air thoiseach air a' Mhòd Nàiseanta. Gu h-iomlan, ghabh 979 sgoilearan pàirt ann an 300 seiseanan ann an 16 sgoiltean le 5 oidean an sàs.	√ √ √ √ √
AC25	*Càfe Bheairteis* gu bhith air a stèidheachadh a-rithist le buidheann ùr de dh'òigridh agus tuilleadh sheiseanan ann an sgoiltean, ma dh'fhaodte ann an co-bhonn ri e-Sgoil.		Cha deach *Café Bheairteis* a thoirt air adhart fhathast ach bha sinn an sàs ann am pròiseact le buidheann ann am Bràgar, a chleachd aithris sgeulachdan mar inneal airson sgilean cainnt a neartachadh am measg clann bun-sgoile. Bha oidean an sàs ann an dà sgoil ann an Taobh Siar Leòdhais agus chuir iad ri chèile sreath bhideothan de na sgeulachdan a dh'ìonnsaich an òigridh a bhios ann mar ghoireas do chàch.	√ √ √ √ √
AC26	An tachartas còmhnaidheach 5 latha a chumail sa Ghiblean le timcheall air 15 com-pàirtichean an sàs.		Bha 15 an làthair aig an tachartas soirbheachail 5 Latha ann an Leòdhas aig àm na Càisge.	√ √ √ √ √

AC27	Sgoil-shamhraidh Dràma a chumail fad seachdain san Iuchar le timcheall air 15 com-pàirtichean an sàs.		Chaidh an Sgoil-shamhraidh dràma air adhart ann am Port Rìgh tràth san Iuchar le 10 an sàs.	√ √ √ √ √
AC28	Bidh Fèis Spòrs ann le cothrom air barrachd thachartasan den leithid, a' gabhail a-steach spòrs agus ealain, eadar Spòrs Gàidhlig agus Fèis Lochabair.		Chaidh tachartas a chumail eadar Fèis Lochabair agus Spòrs Gàidhlig aig àm na Càisg 2023.	√ √ √ √ √
AC29	Co-dhiù aon chùmhnant ùr aontachadh airson Fèisgoil agus, ma bhios maoin ann, leantainn air obair cuide ri co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail agus Eòlas air a' Ghàidhlig nuair a thèid iarradh oirnn.		Shoirbhich leinn cùmhnant a bhuannachadh obair Ghàidhlig a lìbhrigeadh ann an Tiriodh, Colla agus Eilean Bhòid. Tha an obair seo air a bhith a' dol air adhart fon ainm *Tabhaich* le dùil a crìochnachadh ro dheireadh bliadhna an ionmhais. An dèidh dàil le dearbhadh fhaighinn mun ìre de mhaoin, tha obair na Gàidhlig ann an sgoiltean tro cho-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail air a bhith a' dol air adhart. Ann an teirm 2, chaidh 618 seiseanan a lìbhrigeadh le 12 oide ann an 21 sgoiltean do 2,273 sgoilearan. Le taic-airgid a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba, bidh e comasach dhuinn an obair a chumail a' dol ann an teirm 3. Dh'iarr Comhairle nan Eilean Siar air Fèisgoil co-obrachadh air obair leantainneach *Dìleab* le pròiseact stèidhichte air buaidh Morair Leverhulme air na h-Eileanan Siar. Chaidh seisean Eòlas air a' Ghàidhlig a thabhann ann am Bun-sgoil Thornliebank, far am bi roinn ùr a' tabhann foghlam tron Ghàidhlig, agus chum sinn seisean sònraichte airson Fonndas Uilleim Ghrannd ann an Dùn Dè san t-Sultain. Chaidh seiseanan a chur air dòigh le luchd-obrach Comhairle Baile Ghlaschu cuideachd. Chaidh iarraidh oirnn prìs a thoirt do dh'Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean airson seiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig a chur air dòigh do luchd-obrach agus buill bòrd-stiùiridh na buidhne.	√ √ √ √ √
AC30	Co-dhiù 90 bùithtean-obrach no taisbeanaidhean dràma a lìbhrigeadh ann an sgoiltean rè 2023-24.		Gu ruige seo tha 71 bùth-obrach air a bhith agus dùil gun gabhadh seo a lìbhrigeadh gu h-iomlan tron bhliadhna.	√ √ √ √ √
AC31	Co-dhiù aon mheanbh-fhèis a chur air dòigh ann an àrd-sgoil rè 2023-24.		Cha deach seo adhartachadh gu deireadh R3.	√ √ √ √ √
AC32	Cothroman a chruthachadh airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tron Sgoil-shamhraidh Dràma.		Chaidh seiseanan sgrìobhaidh a thabhann aig an Sgoil-shamhraidh Dràma san Iuchar agus bha cothrom ann sgriobt a dheasachadh airson film a chaidh air adhart gu farpais FilmG. Bidh Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ris an earrann airson an Cluiche as Fheàrr fo 18 anns na duaisean FilmG a bhios ann sa Ghearran 2024.	√ √ √ √ √
				√ √ √ √ √

AC33	Taic bhon sgioba de dh'Oifigearan Leasachaidh agus càch le cleachdadh na Gàidhlig.		Bidh ar sgioba a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean agus cruthachadh stuthan dà-chànanach airson margaideachd. Tha cunnraidhean nar litrichean-tairgse a' dèanamh cinnteach à cleachdadh na Gàidhlig, mar a tha air iarraidh nar Poileasaidh Gàidhlig. Chaidh seisean a chumail aig ar co-labhairt san t-Sultain mun taic a tha ri fhaotainn ar poileasaidh a chur an gnìomh agus chaidh an taisbeanadh air-loidhne a dhèanamh follaiseach do dhaoine nach b' urrainn a bhith an làthair.	
AC34	Taic a chumail ri timcheall air 30 cuirmean/cèilidhean aig Fèisean ionadail		Bha taic ann do 27 taisbeanaidhean gu deireadh R3. Bha tachartasan sònraichte aig Fèis a' Bhaile agus Fèis Lochabair a bha a' comharrachadh ceann-bliadhnaichean ann an 2023.	√ √ √ √ √
AC35	Taic do 4 Cèilidhean air Chuairt le timcheall air 80 tachartas eatorra san luchar agus san Lùnastal.		Chaidh taic-airgid agus trèanadh a chumail ri 4 Cèilidhean air Chuairt a chluich aig 72 tachartasan sna sgìrean aca fhèin, cho math ri cothrom fhaighinn pàirt a ghabhail ann am fosgladh oifigeil Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èidinn. Chluich Còmhlan Cèilidh a' Chàirn Ghuirm aig Fèis Spè ann an 6 àitichean a bharrachd tron chuairt shamhraidh acasan. Ghabh cuid pàirt sa chuirm *Ceòl nam Fèis* aig deireadh Blas 2023. Chum Fèisean nan Gàidheal taic ri Fèis Rois àitichean a thoirt do dhaoine òga le feumalachdan a bharrachd anns na Cèilidhean air Chuairt acasan.	√ √ √ √ √ √
AC36	Timcheall air 34 tachartasan a chur air adhart aig Blas 2023, a rèir na bhios ann de thaic bho ùghdarrasan ionadail.		Chaidh Blas a chumail eadar 1 agus 9 Sultain le 55 tachartasan eadar cuirmean, taisbeanaidhean sgoile agus sruthaidhean air-loidhne. B' iad Comhairle na Gàidhealtachd prìomh luchd-maoineachaidh na fèise le taic a bharrachd bho Chomhairle nan Eilean Siar a leig leinn trì tachartasan a chur air dòigh ann an Leòdhas. Bha taic ann cuideachd bho Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus Colmcille. Chaidh ais-mholaidhean agus àireamhan a thional agus chaidh aithisg shlàn mun fhèis a dheasachadh, a tha ri fhaighinn air-loidhne, air an deach breithneachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh san Dùbhlachd 2023.	√ √ √ √ √ √
AC37	Bidh pròiseact maoinichte le Colmcille, le buidheann ann an Èirinn, a' dol air adhart ron Mhàrt 2024 agus bidh obair eile eadar-nàiseanta ann nuair bhios cothroman a' nochdadh.		Chùm sinn seisean sònraichte seinn eadar Sgoil an Ìochdair agus Taigh-sgoile na Drochaide ann am Mabù airson Mìos nan Gàidheal ann an Alba Nuadh a chomharrachadh. B' i Peigi Nic a' Phiocair a stiùir cùisean agus chòrd e ris an òigridh air gach taobh den Chuan Siar.	√ √ √ √ √ √

			San òghmhios, dh'obraich sinn còmhla ri Black Isle and Highland Refugee Support Network airson tachartas sònraichte a chur air dòigh ann an Talla Phol Lochaidh airson fàilte a chur air teaghlaichean Ucràineach, far an robh òigridh bho na Fèisean a' cluich. Shoirbhich leinn le tagradh do Cholmcille airson pròiseact ùr a leasachadh ann an co-bhonn ri Ealaín na Gaeltachta fon ainm *Turas*. Bha cothrom aig luchd-ciùil le Gàidhlig is Gaelige a bhith cruinn còmhla ann an Conamara san t-Samhain aig tachartas a' comharrachadh 25 bliadhna de dh'Ealaín na Gaeltachta. Ghabh sinn pàirt anns a' chiad Latha Dhualchais na h-Eòrpa le sreath bhideothan gan sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta air 23mh Sultain. Bha Ceannard, Manaidsear Leasachaidh agus Manaidsear Fèisgoil na buidhne an làthair aig a' cho-labhairt *Ceangal* a chaidh a chur air adhart le Ealaín na Gaeltachta ann an Conamara san t-Samhain.	
AC38	Bidh cuirm *Ceòl nam Fèis*, le òigridh bho na Fèisean air feadh Alba, a' dol air adhart aig Blas.		Bha seo na cuirm crìochnachaidh aig Blas 2023, air a cumail anns a' Ghearasadan air 9 Sultain a' comharrachadh 30 bliadhna de dh'Fhèis Lochabair aig an aon àm. Ghabh còrr is 50 òganach pàirt sa chuirm.	√ √ √ √ √
AC39	A' leantainn sanasachd fhosgailte, bidh coimisean ga thoirt seachad le trì taisbeanaidhean aig Blas.		Chaidh coimisean Blas 2023 a shanasachd agus b' e Eòghan MacEunraig a shoirbhich. Bha trì taisbeanaidhean den cheòl ùr aige aig Blas. Bidh *Lèirisnn* cuideachd ri chluinntinn aig Celtic Connections san Fhaoilleach 2024.	√ √ √ √ √ √
AC40	Bidh obair leantainneach a' dol air adhart a' cruinneachadh agus a' glèidheadh fiosrachaidh mu luchd-amharc a leigeadh leinn barrachd thachartasan a shanasachd dhaibh.		Tha an obair seo a' leantainn agus bidh ar margaideachd ag amas air daoine leis an robh ceangal againn roimhe, ach tha daonnan obair a bharrachd a dhìth san raon seo.	√ √ √ √ √ √
AC41	Bidh fiosrachadh ga chur don làrach-lìn againn gu cunbhalach airson a dhèanamh cinnteach gun nochd e air app na buidhne.		'S i obair leantainneach a tha seo agus chaidh mìosachan ùr a chur ris ar làrach-lìn ann an R2 a bha ùraichte gu cunbhalach rè R3.	√ √
AC42	Bidh cuid de thachartasan bho Bhlas agus eile air an sruthadh beò agus, ma cheadaicheas maoin dhuinn, bidh tuilleadh leasanan air an cruthachadh don ghoireas *Oide*.		Chaidh 7 tachartasan a shruthadh aig àm Blas cho math ri Dealbh-chluich na Nollaige san Dùbhlachd. Nì sinn measadh air cothroman eile tron bhliadhna le dùil tuilleadh leasanan airson *Oide* a choimiseanadh a rèir na bhios ann de mhaoin.	√ √ √ √ √ √
AC43	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail le trì cuairtean den sgeama Tasgadh ann an 2023-24.		Chaidh tabhartasan aontachadh tro dà chuairt de Thasgadh le tagraichean soirbheachail air am foillseachadh air ar làrach-lìn. Chaidh aontachadh bhideo a dhèanamh a' sealltainn mar bu chòir do thagraichean a bhith a' lìonadh fhoirmichean-iarrtais agus tachartas stiùiridh air-loidhne a chur air dòigh. Chaidh	√ √ √ √ √ √

			seo a dhèanamh san Dàmhair agus tha e ri fhaicinn air-loidhne.	
AC44	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail le dà chuairt den sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig ann an 2023-24, le taic a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig.		An dèidh iarrtas air leth mòr airson na bh' ann de dh'airgead chaidh tabhartasan 2023-24 aontachadh tro Mhaoin nan Ealan Gàidhlig le tagraichean soirbheachail air am foillseachadh air ar làrach-lìn. Chum ceannard na buidhne taic ri Seachdain na Gàidhlig a' measadh iarrtasan agus a' moladh cò bu chòir taic fhaighinn tron sgeama tabhartasan aca-san.	√ √ √ √ √ √
AC45	Bidh 4 coinneamhan den Bhòrd ann – sa Chèitean, san t-Sultain, san Dùbhlachd 2023 agus sa Mhàrt 2024, le cuireadh do riochdairean bho bhuidhnean-maoineachaidh agus pàipearan uile air am foillseachadh air loidhne.		Bha a' chiad choinneamh den Bhòrd ann air 26mh Cèitean leis na pàipearan air am foillseachadh seachdain ro làimh. Chaidh cuireadh a thoirt do bhuidhnean-maoineachaidh agus bha riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig an làthair airson a' chiad uair. Chaidh an dàrna coinneamh againn a chumail air 29mh Sultain air thoiseach air ar Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh molaidhean airson ballrachd a' Bhùird iarraidh an dèidh coinneamh bhliadhnail na buidhne san t-Sultain agus thàing gu leòr air adhart. Choinnich am Bòrd ùr airson a' chiad uair air 8mh Dùbhlachd 2023. Tha pàipearan airson coinneamhan gu lèir den Bhòrd air an foillseachadh air-loidhne gu cunbhalach.	√ √ √ √
AC46	Cuireadh a thoirt do riochdairean Fèisean, le ùidh a bhith nam buill den Bhòrd-stiùiridh, pàirt a ghabhail ann an coinneamhan sa Chèitean agus san t-Sultain airson blasad a thoirt dhaibh mu dhleastanasan air thoiseach air taghadh don Bhòrd nas fhaide air adhart ann an 2023.		Bha cuireadh ann airson coinneamh a' Chèitein ach cha tàinig duine air adhart. Chaidh aontachadh gum bu chòirear a dhol an sàs ann an dòighean eadar-dhealaichte buill ùra a thàladh. Chaidh a dhearbhadh aig coinneamh bhliadhnail na buidhne gum biodh taghadh ann airson buill ùra a thàladh. Faicibh AC45.	√ √ √ √
AC47	Beachdan a shireadh bhon bhallrachd mu Phlana Prògraim Fèisean nan Gàidheal airson 2023-28.		Bha beachdan gan sireadh an dèidh don Bhòrd aonta a chur ris an dreach phlana.	√ √ √ √ √ √
AC48	Phlana Prògraim Fèisean nan Gàidheal 2023-28 fhoillseachadh aon uair 's gu bheil e crìochnaichte.		Bidh ar Plana Prògraim ga fhoillseachadh an dèidh aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh ris an dreach deireannach. 'S dòcha gum bi atharraichean a dhìth airson freagairt air iarrtas do dh'Alba Chruthachail.	√ √ √ √
AC49	Aithisg air adhartas a chur don luchd-maoineachaidh air fad gach ràith.		Bidh aithisgean gan sgaoileadh gach ràith don luchd-maoineachaidh le aithisgean a bharrachd mar a bhios a dhìth.	√ √ √ √
AC50	Aithisg a thoirt don Bhòrd aig gach coinneamh air mar a tha aontaidhean maoineachaidh gan cur an gnìomh.		Bidh pàipear ann mu aontaidhean maoineachaidh aig gach coinneamh den Bhòrd-stiùiridh a' mìneachadh na h-ìre aig a bheil cùisean leotha.	√ √ √ √ √
				√ √ √ √ √

AC51	Sùil a chumail air cunnartan gu cunbhalach agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2023.		Bidh an sgioba obrach air fad a' measadh agus a' làimhseachadh chunnartan gu cunbhalach nan obraichean làitheil agus bi clàr nan cunnartan air ùrachadh gu cunbhalach. Fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail air mar a tha na prìomh chunnartan air an làimhseachadh aig a' choinnemh aca sa Chèitean. Bidh againn ri cunnartan co-cheangailte ri ar Plana Pròghraim a mheasadh mas e is gum faigh sinn cothrom a' cur a-staigh airson maoin bho Alba Chruthachail.	
AC52	Plana ùr Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII) a dhealbhadh agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2024 aon auir 's gun deach àireamhan a chruinneachadh.		Chaidh Plana CII airson 2023-24 aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh aig a' choinnemh aca sa Chèitean nuair a ghabh iad, cuideachd, ri aithisg air soirbheachas Plana CII 2022-23 a chur an gnìomh.	√ √ √ √
AC53	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach àradachaidhean pàighaidh cothromach a rèir na bhios air aontachadh do na h-ùghdarrasan ionadail agus gun tèid prionnsabalan Obair Chothromach an Toiseach a leantainn.		Tha Fèisean nan Gàidheal ag amas air tuarastail luchd-obrach a stèidheachadh air aontaidhean luchd-obrach nan ùghdarrasan ionadail agus chaidh seo a thabhann ann an 2023-24. Tha aithris air ar làrach-lìn air mar a tha sinn a' làimhseachadh Obair Chothromach an Toiseach agus tha sinn air an t-slighe cheart ged a tha beagan obrach a bharrachd a dhìth a thaobh guth èifeachdach a thoirt don luchd-obrach. Chaidh ceisteachan a sgaoileadh air luchd-obrach san t-Sultain agus chaidh beachdachadh air na toraidhean leis a' Bhòrd-stiùiridh san Dùbhlachd.	√ √ √
AC54	A' dèanamh cinnteach gum faigh cunnradairean is luchd-obrach neo-cheangailte pàigheadh cothromach a rèir ìrean gan stèidheachadh gu nàiseanta le aonaidhean buntainneach.		Bidh gach cunnradair air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' faotainn pàigheadh a rèir ìrean nan aonaidhean buntainneach. Tha cunnradh co-cheangailte ri tabhartasan a' mìneachadh gum bu chòir do na Fèisean a bhith ag obair a dh'ionnsaidh nan ìrean sin a phàigheadh cuideachd ach bhiodh barrachd taic-airgid a dhìth, no lùghdachadh meadhanach mòr nan obair, mas e is gum biodh e comasach dhaibh sin a thoirt gu buil. Tha cunnradh co-cheangailte ri tabhartasan Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig gu bheil e deatamach luchd-ealain a phàigheadh aig ìrean stèidhichte leis na h-aonaidhan.	√ √ √
AC55	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach cothroman trèanaidh an deìdh dhaibh feumalachdan a chomharrachadh tro mheasaidhean.		Bidh trèanadh ga thabhann air luchd-obrach agus bidh ùine ga toirt do dhaoine an sàs ann an cùrsaichean air an taobh-muigh an obair sin a ghabhail os làimh.	√ √ √ √ √
				√ √

AC56	A' dèanamh cinnteach gum faigh OSCR agus Taigh nan Companaidhean fiosrachadh bliadhnail ann an àm.			Bidh seo a' tachairt gu cunbhalach gun duilgheadas sam bith san àm a dh'fhalbh. Tha sinn mothachail gu bheil cumhachdan ùra aig Taigh nan Companaidhean ach chan eil sinn a' sùileachadh gum bi duilgheadas sam bith againn a chumail ris na riaghailtean ùra.									
AC57	Aithisg Bhliadhnail fhoillseachadh san t-Sultain 2023 le iomradh air prìomh thachartasan, àireamhan com-pàirteachaidh agus fiosrachadh ionmhasail.			Chaidh Aithisg Bhliadhnail 2023 na buidhne fhoillseachadh air thoiseach air ar coinneamh bhliadhnail agus tha i ri fhaighinn, anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla, air ar làrach-lìn.	√	√	√	√	√	√			
AC58	Fiosrachadh àireamhail a thoirt seachd sa cheisteachan bliadhnail aig Alba Chruthachail.			Bha seo air a thoirt seachad san luchar nuair a chaidh am fiosrachadh iarraidh agus tha sinn air a bhith a' dèanamh lèirmheas air mar a tha sinn a' cruinneachadh aireamhan gu cunbhalach.	√	√	√	√	√	√			
AC59	Obair leantainneach a ghabhail os làimh le Creative Carbon Scotland airson na tha sinn a' cosg de ghualain a lùghdachadh tron phròg ram air fad.			Tha sinn air aontachadh ri tuilleadh ghnìomhan le Creative Carbon Scotland air mar a ghabhadh na tha sinn a' cur gu feum de ghualain a lùghdachadh, a' leantainn slighe far a bheil sinn air tCO2 a thoirt a-nuas bliadhna an dèidh bliadhna. Chaidh còmhraidhean mun chùis seo a chumail le riochdairean nam Fèisean aig ar co-labhairt agus chaidh stiùireadh a sgaoileadh orra le eisimpleirean de ghnìomhan a dh'fhaodadh iad a thoirt gu buil. Bha sinn am measg cruinneachadh beag de bhuidhnean a dh'obrach a dh'ionnsaidh Cairt Uaine nan Ealan a chruthachadh agus tha sinn air ar n-ainm a chur rithe.	√	√	√	√	√				
Fiosrachadh Àireamheil													
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	54.7	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£1,072,711	Meudachadh san toradh ionmhasail	£62.556	Luchd Saor-thoileach an sàs	339						
Tabhartasan do dh'Fèisean	£145,136	Tabhartasan Eile	£85,086	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	4,443	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	12,282						
Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	2,160	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air-loidhne)	10,938 (27,441)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	145	Obair Eadar-nàiseanta	7						
Builean Bhòrd na Gàidhlig													
BnG1.1	A' cumail taic ri co-dhiù 46 Fèisean air feadh na h-Alba tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus trèanadh sgilean Gàidhlig.			Tha an obair seo na prìomhachas do dh'Fhèisean nan Gàidheal 's tha i a' leantainn mar bu chòir. Tha cosgaisean àrda a' bualadh air Fèisean, gu h-àiridh a thaobh màl nan sgoiltean 's tha seo na dhùbhlan dhaibh 's tha aca ri tòrr mòr a chosg air àitichean, no toglaichean, ùra a lorg. Ann an cuid de shuidheachaidhean chan eil sin comasach. Tha an sgioba leasachaidh ag obair gu dlùth le na Fèisean airson iomadh seòrsa taic a thoirt dhaibh a bhith a' cur									

			thachartasan air dòigh agus leasachaidhean ùra a thoirt gu buil. Faicibh AC1-7, AC9-15, AC33-34, AC38, AC41, AC45-48, AC51-52, AC54, AC58 agus AC59 gu h-àrd a tha a' mìneachadh taic do na Fèisean.	
BnG1.2	A' lìbhrigeadh co-dhiù 150 seisean Blasad Gàidhlig airson sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, leis an àireamh air àrdachadh, ma cheadaicheas maoineachadh bho thùsan àbhaisteach eile, le amas suas ri 750 seisean a lìbhrigeadh.		Eadar a' Ghiblean agus deireadh an Ògmhios bha sinn a lìbhrigeadh sheiseanan Blasad Gàidhlig ann an sgìre Siorrachd Àir a Deas agus ann an sgìre na h-Eaglaise Brice. Chaidh còrr is 400 seisean a thabhann le 5 oidean ann an 7 sgoiltean do chòrr is 870 sgoilearean. Faicibh AC29 gu h-àrd airson tuilleadh fiosrachaidh mu bhliadhna-sgoile 2023-24.	
BnG1.3	A' cur air dòigh co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean is luchd-obrach.		Chruinnich an sgioba san Ògmhios airson trèanadh gràmair a dhèanamh 's thèid seiseanan eile a chumail nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Bidh sinn a' cur sreath de leasanan Gàidhlig air dòigh do dh'oidean sa bhliadhn' ùire. Tha sinn a' cumail taic ri oide a tha a' dèanamh cùrsa tro Shabhal Mòr Ostaig cuideachd. Faicibh AC14 agus AC16 gu h-àrd.	
BnG1.4	Ag amas air 15 com-pàirtichean airson 5 Latha no ann an tachartasan-còmhnaidh eile.		Faicibh AC26 gu h-àrd.	
BnG1.5	A' lìbhrigeadh co-dhiù 20 seisean tro mheadhan na Gàidhlig le buidhnean tràth-bliadhnaichean		Tha dùil gun gabhadh seo adhartachadh ann an R4 ged a chaidh obair deasachaidh a dhèanamh air dealbh-chluich/sgeulachd ùr freagarrach.	
BnG1.6	A' glèidheadh Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar aig ìre 0.6 FTE gus co-obrachadh eadar Fèisean is buidhnean ealain san sgìre a bhrosnachadh agus a' fastadh dhaoine eile air cùmhnantan goirid airson taic a bharrachd a chumail ri Fèisean nan Eilean Siar.		Chaidh neach ùr, làn ùine fhastadh don dreuchd seo an dèidh don neach a bh' againne roimhe an dreuchd fhàgail.	
BnG2.1	A' lìbhrigeadh 20 seisean ann an sgoiltean fo sgèith Fèis Blas 2023 is co-dhiù 300 sgoilearan an làthair uile-gu-lèir		Chaidh còrr is 50 seisean a lìbhrigeadh do chòrr is 800 sgoilear eadar taisbeanaidhean dràma (Sporan) is ciùil (An Gineal Òg) agus bùithtean-obrach ciùil.	
BnG2.2	A' cumail co-dhiù 25 tachartasan fo sheòl Fèis Blas 2023.		Faicibh AC36 gu h-àrd. Chaidh 28 prìomh thachartasan a lìbhrigeadh le 7,218 com-pàirtchean uile gu lèir agus bha na toraidhean a leanas gu math taiceil don fhèis (a-mach à 10): Tlachd às na tachartasan: aireamh chuibheasach 9.9 Luach an airgid: aireamh chuibheasach 9.8 Cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis: aireamh chuibheasach 9	
BnG2.3	A' stèidheachadh coimisean ùr airson luchd-ciùil a thèid a thaisbeanadh aig 3 cuirmean aig Fèis Blas 2023		Faicibh AC20 agus AC39 gu h-àrd.	

BnG3.1	A’ cumail co-dhiù 80 seisean dràma Gàidhlig ann an sgoiltean.		Faicibh AC30 gu h-àrd. Tha dùil gun tèid seo a choileanadh gu tur.	
BnG3.2	A’ cur Sgoil Samhraidh Dràma air dòigh le amas 15 com-pàirtichean a thrusadh.		Faicibh AC27 gu h-àrd.	
BnG3.3	A’ cur air dòigh dealbh-chluich na Nollaige le cuairt timcheall air 16 sgoiltean anns a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is aon taisbeanadh sruthadh beò air-loidhne.		Thug Calum Anndra a’ Chòta Dheirg cosnadh do trì chleasaichean agus chaidh 19 taisbeanaidhean beò a dhèanamh do 22 sgoil far am faca 1,158 sgoilearan an dealbh-chluich. Bha taisbeanadh poblach ann cuideachd a chaidh a chraobh-sgaoileadh air-loidhne agus bha am film air a thabhann do sgoiltean nach gabhadh a ruighinn leis an tachartas beò ri linn buidseat na cuairt.	
BnG3.4	A' cur dealbh-chluich ùr air dòigh airson sgoiltean a’ tabhann foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, le cuairt timcheall 20 sgoil (no air a thabhann do 20 sgoil air loidhne).		Chaidh dealbh-chluich ùr, a’ comharrachadh 300 bliadhna bho rugadh Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir, mun chuairt sgoitean san t-Sultain far a bheil a’ Ghàidhlig ga teagasg mar chànan a bharrachd. Uile gu lèir chaidh 21 taisbeanadh is bùth-obrach a thabhann do 479 sgoilearan. Bha dealbh-chlùich ùr eile ann fon ainm *Rùn-dìomhar nan Eilean Flannach*. Chaidh seo timcheall 29 sgoiltean agus roinneam Gàidhlig, a’ toirt cosnadh do dhithis a rinn 31 taisbeanaidhean agus 49 bùithean-obrach do 845 sgoilearan.	
BnG4.1	A’ sruthadh co-dhiù 12 cuirm air loidhne tro Fèis TV (is co-dhiù 3 taobh a-muigh Fèis Blas 2023)		Faicibh AC42 gu h-àrd. ‘S dòcha nach bi e comasach dhuinn an targaid seo a ruighinn gu tur ri linn suidheachadh an ionmhais agus cosgaisean sruthaidhean a dhèanamh.	
BnG4.2	A' dealbhachadh 3 sreathan ùra de bhideothan airson na seirbheis *Oide* is a' toirt fàs 5% air àireamhan luchd-cleachdaidh thairis air àireamhan 2022-23.		Faicibh AC42 gu h-àrd. Tha àrdachadh ann air an àireamh de dhaoine a tha a’ ceannach ballrachd ann an *Oide* rè 2023 an dèidh dhuinn stuthan sanasachd a dheasachadh agus a sgaoileadh. Bidh dearbhadh air a’ cheudad ann an R4.	
BnG5.1	Gun cuir a’ bhuidheann am Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh, le Gàidhlig mar phrìomh chànan làitheil anns an àite-obrach agus gun tèid a’ Ghàidhlig a cleachdadh airson na buidhne a riaghladh.		‘S i obair leantainneach, làitheil a tha seo. Bidh Fèisean nan Gàidheal ag obair tro mheadhan na Gàidhlig mar a tha follaiseach anns an pàipearan a bhios gan ullachadh airson coinneamhan a’ Bhùird, mar eisimpleir, conaltradh taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne agus nar sanasachd anns na meadhanan sòisealta agus stuth foillsichte.	
BnG5.2	Gum feumar fios às ùr a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig cho luath ’s a bhios atharrachadh ann am ballrachd bòrd-stiùiridh no luchd-obrach na buidhne.		Chaidh fiosrachadh a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig mu atharraichean aig ìre a’ Bhùird-stiùiridh san Dùbhlachd agus tha am ballrachd as ùire ri fhaighinn tron cheangal seo feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/. Mar a chaidh a mhìneachadh ann am BnG1.6 gu h-ard tha oifigear ùr againn stèidhichte anns na h-Eileanan Siar agus	

			thug sinn am fiosrachadh seo do dh'oifigearan a' Bhùird aig àm fastaidh.	
BnG5.3	Gun tèid cuireadh a thoirt seachad do riochdaire Bhòrd na Gàidhlig a bhith frithealadh choinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne mar luchd-amhairc, is gun tèid geàrr-chunntasan coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad deiseil.		Bidh pàipearan a' bhùird, le geàrr-chunntasan nan coinneamhan nam measg, a' dol gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach. Bha sinn toilichte fàilte a chur air riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig do choinneamhan a' Chèitein agus na Dùbhlachd den Bhòrd agus don Choinneamh Bhliadhnail againn san t-Sultain.	
BnG5.4	Gum feumar leth-bhreac de dh'aithisg bhliadhnail agus cunntasan na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad air am foillseachadh.		Bha ar n-aithisg bhliadhnail agus cunntasan air am foillseachadh san t-Sultain agus an cur air adhart gu Bòrd na Gàidhlig aig an àm sin.	
BnG5.5	Gu bheil a' bhuidheann a' leantainn an stiùiridh Obair Chothromach an Toiseach bho Riaghaltas na h-Alba.		Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar *Living Wage Employer* agus bidh pàigheadh a rèir phoileasaidhean nan ùghdarrasan ionadai do luchdobrach agus a rèir ìrean nan aonaidhean iomchaidh do luchd-ealain. Tha aithris air ar làrach-lìn, fo Phoileasaidhean, mu na dhòighean sa bheil sinn a' cur prionnsabalan Obair Chothromach an Toiseach an gnìomh. Faicibh AS53 gu h-àrd.	
BnG5.6	Gu bheil a' bhuidheann a' cur poileasaidh àrainneachd an gnìomh gus a' bhuaidh air an àrainneachd a lughdachadh.		Faicibh AC59 gu h-àrd.	
BnG6.1	Gu bheil a' bhuidheann ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird anns gach pròiseact air an cur an gnìomh le taic an Tabhartais ann an co-rèir ris an Stiùireadh Aithneachaidh (mar a thèid ùrachadh bho àm gu àm), le fianais air a thoirt seachad anns gach aithisg adhartais air mar a tha seo ga chur an gnìomh.		Chaidh fianais fa leth air adhart do Bhòrd na Gàidhlig ach tha e follaiseach anns gach sanas agus sna meadhanan sòisealta gu bheil aithne ga toirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.2	Gu bheil co-dhiù 6 brathan-naidheachd air am foillseachadh leis a' bhuidhinn gach bliadhna a bhios a' soilleireachadh obair na buidhne agus ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig.		Chaidh co-dhiù 14 sanasan naidheachd a sgaoileadh gu deaireadh R3 far an deach aithne a thoirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.3	Gu bheil fios ro-làimh air brathan-naidheachd air a thoirt dha sgioba conaltraidh a' Bhùird le cothrom airson beachdan a thoirt seachad mus tèid fhoillseachadh.		Chaidh aithris iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig airson 10 sanasan gu deaireadh R3 leis gun robh an obair ris an robh iad a' buntainn air a maoineachadh gu dìreach leis a' Bhòrd.	
BnG6.4	Gu bheil làrach-lìn is cunntasan meadhanan sòisealta na buidhne air an ùrachadh gu cunbhalach leis na naidheachdan às ùire mu obair na buidhne, le aithneachadh iomchaidh air taic maoineachaidh a' Bhùird.		'S i obair làitheil a tha seo agus tha taic Bhòrd na Gàidhlig ga h-aithneachadh aig a h-uile cothrom a tha iomchaidh.	
BnG6.5	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh agus oifigearan lomairt aig Comunn na Gàidhlig.		Tha conaltradh agus co-obrachadh ann eadar oifigearan fa leth aig Fèisean nan Gàidheal agus CnaG agus tha sinn an dòchas gun gabhadh seo a neartchadh tro lìonradh neo-fhoirmeil de dh'Oifigearan Gàidhlig.	

			Tha còmhraidhean air a bhith ann mu cho-obrachadh 40 bliadhna de Chomunn na Gàidhlig a chomharrachadh, ag aithneachadh àite na buidhne ann an taic a chum i ri buidhnean a leithid Fèisean nan Gàidheal nuair a chaidh an stèidheachadh.	
BnG6.6	Gun gabh a' Bhuidheann-fhaotainn pàirt ann agus gun toir iad fiosrachadh iomchaidh uile seachad gu rannsachadh sam bith air a stiùireadh leis, no às leth, a' Bhùird air obair nam buidhnean Com-pàirtichean Lìbhrigidh.		Gabhaidh Fèisean nan Gàidheal com-pàirt ann an rannsachadh sam bith den t-seòrsa seo agus tha conaltradh air a bhith ann le Tom Mathew agus Dùbhghlas Chalmers mu chuspairean eadar-dhealaichte.	
BnG7	Gun tèid fianais a thrusadh air mar a tha a' bhuidheann agaibh a chur ri na prìomhachasan bho Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig a leanas 2023-2028, agus iomradh air am fianais air a thoirt seachad sna h-aithisgean adhartais: • Barrachd dhaoine a' cleachdadh is a' faighinn buannachd bhon Gàidhlig aig an obair, aig an taigh is sa choimhearsnachd • Barrachd cothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh is na cothroman seo nas ruigsinniche.		Tha obair a' dol air adhart gus fiosrachadh a thrusadh tron t-siostam measaidh/ceisteachan againn agus chaidh atharrachadh airson a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' togail fianais a fhreagras air an fhiosrachadh ùr a tha a dhìth. Bidh e comasach dhuinn fianais a thoirt seachad san aithisg mu dheireadh den bhliadhna do Bhòrd na Gàidhlig.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R3.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Ged nach eil aonta ann, chaidh maoin fhaotainn bho Chomhairle na Gàidhealtachd ann an R2 agus chaidh a chleachdadh airson taic a chumail ri Fèisean na Gàidhealtachd agus Blas 2023. Chaidh coinneamh a chumail le luchd-obrach Comhairle na Gàidhealtachd san t-Samhain airson meud na h-obrach againn a mhìneachadh agus còmhradh mu thaic-airgid sam àm ri teachd airson Fèisean na sgìre agus Blas. Às a dèidh, chaidh iarrtas son tuilleadh airgid a chur don chomhairle.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	Taic-airgid do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2023-24. Chaidh tabhartasan luach £36,974 a thairge do dh'Fhèisean na sgìre a' cleachdadh £12,000 de mhaoin na comhairle. Bidh cothrom fhathast aig Fèisean taic a bharrachd iarraidh tron Stòras Leasachaidh againn.	
CEB2	Taic do na Fèisean tachartasan cunbhalach a chur air dòigh fad na bliadhna.		Tha na tabhartasan ann an ABC1 a' toirt a-steach cuibhreann de £15,179 airson tachartasan cunbhalach a chur air dòigh tron bhliadhna.	

			Bha com-pàirtichean bho Fhèisean Earra-Ghàidheil am measg na chluich ann an *Ceòl nam Fèis* aig Blas san t-Sultain.	
CEB3	Taic ri Fèisean gnìomhan a ghabhail os làimh airson leaudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.		Faicibh AC14, AC29 agus AC33 gu h-àrd airson taic san fharsaingeachd. Bidh sinn a' conaltradh ri Fèisean Earra-Ghàidheil airson nam feumalachdan aca a fhrithealadh. Bha seisean againn aig ar co-labhairt air cleachdadh na Gàidhlig aig Fèisean. Tha an taisbeanadh a chaidh a chleachdadh air ar làrach-lìn agus chaidh a thoirt gu aire luchd-eagrachaidh.	
CEB4	Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh agus ùine bhon sgioba obrach (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Chaidh Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil air adhart san luchar an dèidh trèanadh fad seachdain aig na ceòladairean òga aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd sa Phloc. Faicibh cuideachd AC17, AC19, AC35 agus AC38 gu h-àrd. Chaidh tabhartas £8,000 a thoirt do Chèilidh air Chuairt Fèis Latharna a chluich aig 21 tachartasan san sgìre cho math ri fosgladh oifigeil Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann.	
CEB5	Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU.		Bidh ar Manaidsear Leasachaidh agus Oifigear Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean (co-ionnan ri 0.6 ILT).	
CEB6	Taic bho luchd-obrach eile le rianachd, ionmhas agus cànan a chleachdadh (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean).		Faicibh AC1-6, AC33, AC34, AC38, AC41, AC46 agus AC54 gu h-àrd.	
CEB7	Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre le deuchainnean sgrùdaidh, àrachas, ionnsramaidean ciùil air iasad (cosgaisean pro-rata).		Faicibh AC7, AC11 agus AC233 gu h-àrd.	
CEB8	Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Faicibh AC12 agus AC15 gu h-àrd.	
CEB9	Obair dràma ann an sgoiltean Earra-Ghàidheal is Bhòid (amasan foghlaim).		Fhuair sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid buannachd bhon obair aig Meanbh-Chuileag agus tha dùil gum bi Hùb Hàb a' tadhal air an sgìre ag obair le clann sna tràth-bhliadhnaichean. Tro chùmhnant eile a fhuair sinn an dèidh tairgse soirbheachail a chur a-steach, chaidh 13 seiseanan a cuhmail ann an 7 sgoiltean an Earra-Ghàidheil a' toirt aire 133 sgoilearan do chothroman a thaobh obraichean is gnìomhachasan Gàidhlig. Tha còig sgoiltean ann an Earra-Ghàidheil am measg an fheadhainn a tha a' faotainn sheiseanan Gàidhlig tron chùmhnant aig Fèisgoil le co-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail (faicibh AC29 gu h-àrd). Gu ruige seo chaidh 47 seiseanan a thabhann do 185 sgoilearan.	

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill:
1. Còmhradh a thogail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann agus
2. Fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg̀ram obrach.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Màrt 2024

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2024.02(b)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

08.12.23 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
14.12.23 Coinneamh leis a' Chathraiche ùr, Carola NicChaluim
21.12.23 Coinneamh le François Matarraso agus Mikel Berasategui mun phròiseact Eòrpach AMPLIFY
12.01.24 Coinneamh le HIE mu sheiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig
19.01.24 Coinneamh le Calum A agus Marina Mhoireach bho Chomunn na Gàidhlig
19.01.24 Coinneamh de na buidhnean Gàidhlig mu Bhile nan Cànanan Albannach
24.01.24 Coinneamh le riochdairean Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte mu ICH
30.01.24 Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig mu mhaoin 2024-28
05.02.24 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
07.02.24 Coinneamh sgioba Fèisean nan Gàidheal
13.02.24 Coinneamh de phanal Tasgadh
13.02.24 Coinneamh le HIE mu sheiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig
15.02.24 Coinneamh leis a' Chathraiche
23.02.24 Coinneamh le Comataidh nan Eòlaichean aig Comhairle na h-Eòrpa
23.02.24 Cuirm FilmG ann an Glaschu
26.02.24 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
26.02.24 Coinneamh le HIE mu sheiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig
27.02.24 Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig mu Bhile nan Cànanan Albannach
29.02.24 Coinneamh le Anna NicGuaire agus Catriona Hawksworth bho Alba Chruthachail
08.03.24 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

FilmG

Chùm Fèisean nan Gàidheal taic-airgid don duais airson Cluiche as Fheàrr fo 18 aig FilmG 2024, aig cosgais £500. Bha cuirm nam duaisean ann Dihaoine 23mh Gearran san SEC ann an Glaschu, rè Seachdain na Gàidhlig, agus 's iad Fionnlagh agus Calum Moireasdan a bhuannaich. B' I Eilidh NicCarmaig a bha a' riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig cuirm nan duaisean.

Bile Cànanan na h-Alba

Bidh mi ag ullachadh freagairt don cho-chomhairle air a' Bhile gu h-àrd a tha a' dol tron phàrlamaid an-dràsta. Is dòcha gun urrainn dhomh sin a dhèanamh ro choinneamh a' Bhùird agus cuiridh mi air air adhart i mar fhiosrachadh. Bidh mi a' sireadh aonta a' chathraiche air thoiseach air a cur a-steach ann an ainm Fèisean nan Gàidheal.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhith ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Chur sin mach litrichean agus phàigh mi airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2023-24. Chaidh £144,673.13 airgead tabhartasan 2023-24 a-mach.
- Tha stòras beag ann airson Maoin Leasachadh nam Fèisean 23-24 agus tha £5,215 air a'phàigheadh a-mach a-nis.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Luke Slater feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Tha maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuair Fèis Eilean na Hearadh & Fèis Rois taic am bliadhna.
- Bha mi trang cur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2023 air 29/30 Sultain. Bha sin aghaidh ri aghaidh ann an Taigh-òsta Muthu Newton, Inbhir Narainn.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean ach tha Luke a' gabhail seo os laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Fèis Alba & Cèilidh air Chuairt airson co-òrdanaiche. Chaidh airgead na bliadhna seo a-mach gu Fèis Phàislig, Fèis Lochabair, Fèis Latharna, Fèis Air an Oir. Tha Fèis Air an Oir a'ruith airson a'chiad turas am bliadhna.
- Tha Luke a' coimhead às deidh ionnsramaidean chùil a-nis.
- Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh agus bha feadhainn ri chàradh agus feadhainn gun fheum. Chaidh feadhainn a-mach air màl cuideachd. Chur Eilidh NicCoinnich, Fèis an Earraich, clàrsaich air dòigh dhuinn. Chaidh accordions a chur air dòigh cuideachd. Tha John Masson a'coimhead às an dèidh a-nis.
- Chuir mi àrachas air dòigh airson FNG anns An Gearran às dèidh beagan strì a thaobh buidhnean corpaichte agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas anns an t-Sultain. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 22 Gearran 2024.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 23/24 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach agus tha mhòr chuid air am pàigheadh.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Tha sinn a' toirt taic do Grant MacPharlain, Fèis Phàislig, leis an Cùrsa Adhartais aig Sàbhal Mòr Ostaig. Chaidh trèanadh Gàidhlig airson luchd-obrach air adhart anns an Òg-mhìos. Chaidh trèanadh luchd-obrach air adhart anns an Dùbhlachd cuideachd còmhla ri Morag Stiubhart. Rinn Calum, Aonghas & Luke cùrsaichean eader-dhealaichte anns an Fàoilteach.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd.
- Tha sinn a' cuideachadh Fèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta agus chaidh poileasaidhean eile ùrachadh.
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.
- Tha Luke a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Luke pàirt-ùine ach a' toirt taic dhomh le seo cuideachd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Chaidh Fèis Bhlas air adhart anns an t-Sultain 2023. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi ann an Cille Mhoire agus Ceòl nam Fèis anns an Ghearasdan.
Bha 5 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2023-24 agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach do chuid. Bha trèanadh a'dol air adhart aig Fèis Alba anns an Iuchar 2023.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhiù latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire/Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach agus coinneamhan Zoom far a feum mi a bhith ann.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar. Bha Peigi Ann deiseil anns an Òg-mhios 2023 agus Calum Friseil anns an dreuchd a-nis bhon Lùnastal.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Chur mi seachad ùine còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna air 10/11 an Iuchar. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 31 Dùbhlachd 2023.
- Thug mi taic do Luke a' cur air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd agus eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante. Tha mi ag obair air Plana Adhartais airson na gnàth-shìde. Rinn mi dà seisean trèanaidh anns an Fhaoilteach airson seo.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Chèitean 2023.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean
Tha mi a' cumail taic làitheil don sgioba leasachaidh agus do Fèisean anns an Eilean Sgitheanach, Lochabair agus Earra-Ghàidheal le taic bho cho-obraichean.

As na beagan sheachdainean a dh'fhalbh, tha mi air a bhith ag obair gu dlùth ri na Fèisean a tha fo mo stiùir airson taic a thoirt dhaibh le foirmichean tabhartais is foirmichean tagraidh deireannach.

Chùm Fèis Mhuile an Fhèis bhliadhnail aca air 10 & 11 Gearran. Bha còrr is 50 an làthair agus bha deireadh-seachdain air leth soirbheachail aca. Chum iad seisean ciùil, cèilidh nan luchd-teagaisg agus cèilidh na com-pàirtichean le fìor dheagh thaic bhon choimhearsnachd ionadail.

Bidh Fèis an Earraich agus Fèis Latharna a' gabhail àite air a' chiad seachdain de làithean-saora na Càisge. Chruthaich mi foirm ùra air-loidhne do Fèis an Earraich agus tha sin ag obrachadh glè mhath. Tha na h-àireamhan an dùil pàirt a ghabhail gu math àrd fiu 's aig an ìre-sa.

Stòras Leasachaidh
Tha an Stòras Leasachaidh fosgaile do Fèisean le cothrom dhaibh tabhartasan fhaighinn son suas ri £1,500 le £10,000 uile gu lèir ri sgaoileadh. Chum sinn taic luach £1,000 ri Fèis an Iar Thuath (Latha Fèise), £636 do Fèis Lochabair (Bùithtean-obrach obair-bhuidhne), £200 do Fèis nan Gàrbh Chrìochan (Bùithtean-obrach Dràma), £632 do Fèis air an Oir (Clasaichean Clàrsach) agus £1,500 gu Fèis an Tairbeirt (Cuairt do Fèis Ìle).

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2024
Ged nach eil dearbhadh againn fhathast bho Chomhairle na Gàidhealtachd mu mhaoineachadh Blas, tha mi air tòiseachadh air coimhead ri Fèis na bliadhna sa le dùil gum bi e a' gabhail àite eadar 6-14 Sultain.

Chuir mi ceisteachan a-mach gu luchd com-pàirt a dh'fhaodadh tachartasan a chur air adhart am bliadhna, 's tha grunnan freagairtean air tighinn thugainn mar tha.

Aon uair 's gum bi cinnt ann mu mhaoineachadh, bidh mi ag obair gu dlùth ris a' cheannard agus a' bhuidheann prògramaidh airson tachartasan na Fèise a chur air dòigh.

Trèanadh Luchd-obrach
Choinnich sinn mar sgioba bho chionn ghoirid agus tha daoine fa-leth air a bhith dèanamh trèanadh a tha freagarrach dhaibh pèin agus bha sinn beachdachadh air trèanadh a dh'fhaodadh sinn a dhèanamh mar sgioba leithid Gàidhlig, dealbhadh, bruidhinn poblach is eile, 's bidh sinn gluasad le seo sna mìosan ri teachd.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg
Tha sinn an dùil cothrom còmhraidh a chur air dòigh dha na Fèisean air Diardaoin 14 Màrt airson beachdachadh air deugairean mar chuspair 's mar a chumas cuid de Fèisean an sàs as na cothroman a tha iad a' tabhann.

Fuaran
Chaidh clàraidhean bhon t-sreath ùr de Fuaran fhoillseachadh rè Seachdain na Gàidhlig.
Chaidh 10 òrain ùra a chur ris an stòras luachmhor seo 's tha an taic agus an èisteachd a tha iad air faighinn mar tha air leth math.

Bidh mi ag obair còmhla ri Abi agus co-obraichean eile son beachdachadh air an ath cheum leis a' phròiseict seo agus beachdachadh air cothroman airson maoineachadh a bharrachd gus Fuaran a leasachadh air na bliadhnaichean ri teachd.

A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

5 Latha
Thèid 5 Latha 2024 a chumail eadar 1-6 Giblean. Tha na h-àitean gu lèir, 16, air an gabhail ach tha mi feuchainn ri obrachadh ‘s gum bi e comasach dhuinn dithis eile a ghabhail. Tha Calum Friseal a’ cumail taic rium cùisean a chur air dòigh am bliadhna ‘s mar as àbhaist tha pròg ram làn de chur-seachadan inntinneach air thoiseach oirnn.

A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Bha e comasach dhuinn 4 thachartasan a shruthadh aig Blas am bliadhna ‘s bha iad sin ri fhaotainn an asgaidh tro tv.feisean.org le cothrom do dhaoine tabhartas a thoirt dhuinn.

Bidh sinn a’ coimhead ri barrachd leasannan a chur ri Oide air na mìosan a tha romhainn.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
An-dràsta tha mi ag obair dà latha san oifis agus tri bhon taigh a mhòr-chuid dhan ùine.

Cha do lìon sinn an dreuchd ban a bh’ againn son Oifigear Leasachaidh ‘s tha mi fhìn a’ cumail stiùir ri na Fèisean a bha buntainn ris an dreuchd sin le taic bhon chòrr den sgioba leasachaidh. Anns na mìosan air thoiseach bidh mi a’ dèanamh rannsachadh, le taic bhon sgioba leasachaidh, air mar a tha na Fèisean air an roinn an-dràsta.

Coinneamhan is eile
Coinneamh le Marina Mhoireach aig Comunn na Gàidhlig (19/1)
Coinneamh le Fèis Bharraigh (24/1)
Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig (30/1)
Measadh le Art (1/2)
Coinneamh le Fèis an Earraich (5/2)
Coinneamh Sgioba (7/2)
Com-pàirteachas ann an agallamh Fèis Phàislig (8/2)
Seisean air-loidhne le Bloomberg Philanthropies (8/2)
Coinneamh le Fèis na h-Òige (9/2)
Coinneamh le Comhairle na h-Eòrpa (23/2)
Coinneamh le Fèis Lochabair (26/2)
Coinneamh le Josh Dixon bhon RCS (7/3)

Ainm Dreuchd **Eilidh NicCoinnich**
Manaidsear Fèisgoil

A’ leasachadh sgilean is thàlantan

Taic do dh’oileanaich aig Sabhal Mòr Ostaig 08 & 15.02.24 – dà sheiminear air a lìbhrigeadh, fear leamsa agus fear le Eilidh NicCarmaig, le na h-Ealain Gàidhlig san fharsaingeachd, goireasan Fèisgoil agus òrain Gàidhlig gu h-àraidh mar chuspair.

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean

2	2	7*

*2 òraidiche; 5 oileanaich (+2 luchd-lìbhrigidh)

Seachdain na Gàidhlig 21.02.24: Seisean air 'Seinn ann an Co-sheirm' le Còisir na h-Òige (na deugairean) – ag ullachadh agus a' lìbhrigeadh (3 uairean/2 sheisean uile gu lèir)

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
2	2	17

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Tha mi a' toirt taic is stiùir do dh'Aonghas le pròiseactan dràma, mar a dh'fheumar, Hùb Hàb, SSD agus Meanbh-chuileag an ràith seo. Faicibh aithisgean Oifigear Dràma, Aonghas MacLeòid, agus Rianaire Fèisgoil, Eilidh NicCarmaig airson fiosrachadh.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd.
Teirm 3 2023/24:

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
11	23	618	2316 + Girvan tbc

Beairteas : Aithris Sgeulachd: Bun-sgoiltean ann an taobh siar Eilean Leòdhais (Breascleit agus Siabost), air a lìbhrigeadh le Christine NicLeòid le taic bho Donna Barden, as leth Comunn Eachdraidh an Taobh Siar agus air a chlàradh le Keith Moireastan aig WeeStudio air 15 & 16.01.24. Tha 19 bhideothan agus bileag le 25 tòimhseachain, rannan neo sgeulachdan air fhoillseachadh tro Sheachdain na Gàidhlig air làrach-lìn FnG.

Clasaichean Gàidhlig air an oidhche le Comhairle Baile Ghlaschu: sreath ùr de chlasaichean Gàidhlig aig diofar ìrean, a' tòiseachadh tro Seachdain na Gàidhlig agus a' ruith thairis air 6 seachdainean 20.02.24-27.03.24

Oidean	Seiseanan	Luchd-clàraidh
4	42	89

Tabhaich: trì pròiseactan fa-leth: dìreach seiseanan coimhearsnachd ann an Tiriodh fhathast ri dhol agus bidh Màiri Anna NicUalraig gan lìbhrigeadh mar latha slàn air 26.03.24

Meanbh-fhèis Acadamaidh Chille Mhèarnaig

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
3	1	5	50 (tbc)

CEÒL

ICO: Tha na seiseanan 2023-24 cha mhòr deiseil. Thadhail mi air sgoiltean gus seiseanan ICO fhaicinn air 12.02.24 agus 13.02.24 ann am Bun-sgoil Ulapuil agus Sgoil Dhruimein

Seinn: Uibhist & Barraigh: Ann an co-obrachadh le CnES. Leis an obair ùr aice, bidh Peigi Nic a' Phiocair a' lìbhrigeadh sheiseanan Uibhist ann an Teirm 4, bliadhna sgoile 2023-2024. Tha Claire Frances NicNìll gan lìbhrigeadh gach teirm ann am Barraigh.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	2	56	103

Acadamaidh a' Mhòid: chuir mi buidseat ùr air doigh agus tha mi air fios a sgaoileadh do Sheumas Greumach, An Comunn Gàidhealach, agus chuir esan iarrtas a-staigh do Bhòrd na Gàidhlig airson maoineachaidh fa-leth.

Pròiseactan fa-leth:
Dìleab 2024: Leverhulme: pròiseact eachdraidheil ionadail eile aig CnES le FnG a' toirt taic le rianachd

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
17*	15	fiosrachadh ri thighinn	fiosrachadh ri thighinn

*Tha oidean eile fhathast ri thrusadh ann an Uibhist

Cliabh: Pròiseact ioma-ealaineach, a' leasachadh an tuigse a th' aig clann bun-sgoile air a' ghnìomhachas iasgaich ann an Ulapul. Fhuair sinn £1,000 (tro Tesco Stronger Starts), Cliabh, Còmhlan nan Clèibh, air a chur air dòigh le Seonag Buxton air bòrd mar oide. A' tòiseachadh às deidh àm na càisge.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Eòlas air a' Ghàidhlig:
Luchd-obrach **Comhairle Rinn Friù an Ear**: lìbhrig Màiri Anna NicUalraig dà sheisean - **07.12.23** agus **05.02.24**.

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
1	2	32*

*'S dòcha gu robh cuid a' frithealadh gach turas.

Tha mi fhìn is Art MacCarmaig ann an conaltradh le Sgioba Gàidhlig aig **Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean** mu sreath de thrì cinn-là air Eòlas air a' Ghàidhlig a chur air doigh don luchd-obrach aca anns a' Chèitean – 16.05.24, 23.05.24 agus 30.05.24.

Taisbeanadh do Cho-labhairt Ceannardan Sgoile ann an Lannraig a Tuath: dh'ullaich agus chlàr mi taisbeanadh air FnG agus taic tro Fèisgoil, gu h-àraidh Blasad Gàidhlig agus Meanbh-fhèisean agus chleachd a' chomhairle seo mar phàirt den tachartas aca ann an Àrd-Ruigh air Dimàirt 27.02.24.

Maoineachadh Paul Hamlyn: Chuala mi meadhan na Dùbhlachd nach robh sinn soirbheachail leis an iarrtas a chuir mi a-staigh airson pròiseact ùr Air mo Bhriathar.

UNCRC & e-sgoil: Chuir mi iarrtas sgrìobhte a-staigh air 30.01.24 agus bhideo mar phàirt a bharrachd den phròiseas iarrtais air 20.02.24 airson pròiseact ùr stèidhte air curraicealam àrd-sgoile, conaltradh leis agus cothromon don òigridh leis a' Ghàidhlig. Gheibh sinn fios ro 29.02.24.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Còmhla ri Oifigear Dràma, Aonghas MacLeòid, nochd mi aig Fèis Spark (Dogstar) aig Eden Court a' frithealadh seisean "Whit like, mo charaid" 19.01.24
Bha measadh agam le Arthur air 01.02.24

Coinneamhan agus adhbharan:
Seumas Greumach, An Comunn Gàidhealach, Donald MacIlleathain, Mairead Farmer, Meur ACG, An Dùbhlachd 2023 (Acadamaidh a' Mhòid 2024)
DK Mac a' Phì, Comhairle Baile Ghlaschu 09.01.24 (Clasaichean Gàidhlig air an oidhche)
Seumas Greumach, An Comunn Gàidhealach 10.01.24 (Acadamaidh a' Mhòid)
Steven Kellow, Bòrd na Gàidhlig agus Seumas Greumach, An Comunn Gàidhealach 11.01.24 (Acadamaidh a' Mhòid 2024 & 2025)
Megan Nic an t-Saoir, Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear 15.01.24 (bun-fhiosrachaidh ro na seiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig)
Luchd obrach FnG 07.02.24
Jill Quigley, Ceannard eadar-amail Bun-sgoil Ulapuil agus Seonag Buxton, neach-teagaisg agus oide 12.02.24 (cothromon tro Fèisgoil agus Cliabh)
Sgioba Fèisgoil 14.02.24
Rita Hunter agus Aonghas MacLeòid 22.02.24 (rannsachadh Meanbh-chuileag)
Iseabail NicCoinnich 28.02.24 (rannsachadh Meanbh-chuileag)
GLAN – a' frithealadh coinneamh ann an Glaschu 07.03.24

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Tha clasaichean seachdaineil agus bùithtean-obrach Disathairne fhathast a' ruith le clas fìdeag ann an Tunga a measg na cuspairean a tha rim faighinn.
- Choinnich mi ri Carol Anne bho chionn ghoirid airson foirm tabhartais FnG a lìonadh agus bruidhinn air buidseatan airson am bliadhna ionmhais ùr.
- Thèid an coinneamh bhliadhnail aca a chumail air 22 An Gearran.
- Bidh an Fhèis a' comharrachadh 25 bliadhna an ath-bhliadhna agus tha iad a' lorg beachdan air dè dh'fhaodadh iad a dhèanamh.

Fèis Chataibh

- Chaidh an coinneamh bhliadhnail air adhart san Fhaoilleach agus chuir an comataidh fàilte air dithis bhall ùra, a bharrachd air soraidh slàn ag radh ri grunn bhuill a bha an sàs airson iomadach bliadhna.
- Thòisich clasaichean leantainneach le taic-airgid bho tuathanas-gaoithe ionadail agus tha iad a' dol gu math.
- Cumaidh iad am prìomh fhèis eadar 1 – 5 luchar ann an Àrd-sgoil Ghoillspidh
- Bidh an Fhèis ag obair le Sutherland Sessions anns na mìosan a tha romhainn airson buithtean-obrach a' ruith ann an diofar àiteachan a bhios fosgailte do gach aois.

Fèis a' Bhaile

- Tha an club-bogsa agus club-feadain fhathast a' ruith gach mìos agus bidh club fìdhle agus club giotàir a' tòiseachadh anns a' Ghiblean.
- Thèid a' phrìomh Fhèis air adhart san Dàmhair mar as àbhaist

- Chaidh a' choinneamh bhliadhnail air adhart air 10 Gearran.
- Bidh latha Fèise tachart aig àm na Caisge agus chur an comataidh iarrtas a-staigh gu Taic Freumhan Coimhearnsachd airson Latha Gàidhlig a' ruith san t-Sultain.

Fèis Inbhir Narainn
- Tha na clasaichean leantainneach a' ruith mar bu chòir
- Bidh a' choinneamh bhliadhnal a' tachairt aig Talla Coimhearnsachd is Ealain Inbhir Narainn air 28 Gearran.
- Tha planaichean a' tighinn ri chèile airson latha obair-bhuidhne air an 16 Màrt.

Fèis Obar Dheathain
- Tha na clasaichean seachdaineil agus an 'Srubag' fhathast a' dol gach mìos.
- Bidh am priomh Fhèis a' tachairt eadar 8 – 11 An Giblean 2024.

Fèis Spè
- Tha na clasaichean is an còmhlan a' ruith mar as àbhaist.
- Thachair Latha Fèise ann am Bun-sgoil an Aghaidh Mhòire air Disathairne 24 Gearran le taic-airgid bho Mhaoin nan Ealan Gàidhlig.
- Tha planaichean tighinn air adhart airson Cèilidh na Càisge air 14 Giblean.

Fèis Ghallaibh
- Tha an Fhèis a' cumail dà latha Fèise ann an Àrd Sgoil Inbhir Uige am mìos seo.
- Bidh aon bhall den chomataidh a' dèanamh cursa Dìon Chloinne an ath mhìos.

Fèis Mhoireibh
- Tha iad a' leantainn orra le clasaichean seachdaineil ann an clàrsach is bogsa.
- Bha latha soirbheachail 'Thig & Feuch' aig an Fhèis ann an Talla Urchadain air Disathairne 17 Gearran airson an Fhèis a chuir air adhart.

Fèis an Iar Thuath
- Bidh coinneamh bhliadhnail aig an Fhèis ro dheireadh a' Chèitein.
- Tha an Fhèis a' faighinn taic bho Màiri NicDhòmhnaill, Manaidsear Iomairt Ionadail aig RBS airson cunntas banca ùr fhosgladh gus am bi cothrom aca bancadh air loidhne a' cleachdadh. Bidh seo a' dèanamh diofar mòr airson an comataidh.
- Tha an Fhèis aig amas a bhith ag obair còmhla ri Yellow Door events anns na mìosan a tha romhainn gus bùithtean-obrach a' ruith le còmhlain a bhios a' tadhal air an sgìre airson consairtean.

Fèis na h-Òige
- Tha mi fhathast a' toirt taic do Fèis na h-Òige gus na planaichean airson a' choimisean aca a chur an gnìomh. Bidh Sileas Sinclair a' stùireadh buth-obrach airson còisir na deugairean aca air 9mh Màrt mar pàirt den phroiseict.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Cèilidhean air Chuairt
- Tha trì Fèisean airson Cèilidhean air Chuairt a' ruith am blidhna seo - Fèis Latharna, Fèis Lochabair agus Fèis Fhoirt. Tha Fèis Air an Oir agus Fèis Phaislig an dùil bliadhna a ghabhail dheth bho na cèildhean air chuairt le dùil tilleadh ann an 2025. Bidh an dà Fhèis a' comharrachadh cinn-bliadhna sònraichte an uair sin. A bharrachd air sin, bidh Fèis Spè agus

Fèis an Earraich a' coimhead ri pròram de thaisbeanaidhean a dhèanamh anns na sgìrean iondail aca fhèin le buidhnean ciùil òigridh.

Colmcille

- Tha mi ag obair le Calum Friseal gus turas a phlanadh airson ar luchd com-pàirt Èireannach a agus tha sinn an duil gum bi sin a tachairt ro dheireadh an Lùnastal. Chuir sinn iarrtas a-staigh gu Bòrd na Gàidhlig airson leantainn leis a' phròiseict a-rithist.

Trèanadh

- Tha mi air a bhith ag obair còmhla ri Aonghas agus Emily Dhòmhnallach, Oifigear Gàidhlig Eden Court airson Latha Trèanaidh Dràma a' ruith do dhaoine òga aois 16 – 25. Bidh sin a' gabhail àite aig Eden Court air Disathairne 16 Màrt.
- Lìbhrig mi fhìn is Abi seisean air obair saor-thoilich aig Co-labhairt na Mòdan ionadail aig Eden Court air Disathairne 24 Gearran.
- Rinn mi seisean trèanaidh air-loidhne air Com-pàirteachadh Saor-thoilich Òigridh air 7 Dùbhlachd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

- Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlais mar riochdaire nam Fèisean agus bha mi aig tachartas no dhà tron t-seachdain.

Ainm	**Abi NicIlleRuaidh**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis an Iar Dheas

Tha Fèis an Iar Dheas ag obair a dh'ionnsaigh Fèis air Disathairne 8mh dhen Ògmhìos aig *The Bridge Centre* ann an Dùn Phrìs. Cha do chur iad iarrtas a-staigh dhan Sgeama Tabhartasan airson 2024/2025 agus tha iad an dùil ris an t-airgead a chleachdadh a fhuair iad airson 2023/2024 nuair nach robh Fèis aca. Bidh mi ag obair còmhla riutha a' deanamh cinnteach gu bheil taic agus airgead gu leòr aca.

Fèis an Tairbeirt

Bha coinneamh luath agam aghaidh ri aghaidh le Muriel ann an Glaschu air an 25mh dhen Fhaoilleachd. Tha iad a' cumail a' dol le clasaichean air-loidhne agus airson Fèis a' ruith san t-Sultain. Fhuair Fèis an Tairbeirt airgead bhon Stòras Leasachaidh airson a dhol a-null gu Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra. Ghabh coignear phàirt sa phrìomh Fhèis agus bha aonan aig Fèis Bheag bho Fèis an Tairbeirt. Bidh an comataidh a' deanamh Treànadh Dion Chloinne san ùine a tha ri thighinn.

Fèis Arainn

Tha na clasaichean seachdaineil aig Fèis Arainn a' ruith gu math agus tha Maggie Frame ag obair airson Fèis a chùmail san Iuchair mar is àbhaist. Fhuair iad £9,609.47 bhon *Co-op Community Fund* airson na clasaichean obair-còmhlain a leasachadh. Tha sinn fhathast a' sireadh airgead airson an Fhèis a chumail agus dh'aontaich an comataidh prìsean àrdachadh rud beag airson com-pàirtichean. Tha iad airson rates MU a phàigheadh bho seo a-mach.

Fèis Chille Bhrìde an Ear
Bidh Fèis aig Fèis Chille Bhrìde an Ear air an 6mh dhen Chèitean. Tha iad a' sireadh barrachd taic bho daoine sa choimhearsnachd airson ga ruith.

Fèis Dhùn Èideann
Chur Fèis Dhùn Èideann iarrtas a-staigh gu Taic Freumhan Coimhearsnachd airson Sgeama Tosgairean Gàidhlig. Bha prìomh Fhèis aca air an 13mh agus 14mh dhen Ghearran agus Latha Obair-còmhlain air an 12mh dhen Ghearran. Bha 91 com-pàirtichean an sàs thairis air na trì làithean.

Fèis Fhoirt
Bha mi ag obair gu dluth le Hazel Imrie agus Eilidh MacIntyre airson na clasaichean seachdaineil aig Fèis Fhoirt faighinn gu dol a-rithist. Thòisich iad air an 27mh dhen Faoilleachd agus tha 23 a' dol ann gach seachdain. Thòisich Megan MacDonald a' deanamh uairean rianachd airson na clasaichean sa bhliadhna ùr agus bidh Coinneamh Bhliadhnail aig Fèis Fhoirt air an 9mh dhen Mhàirt.

Fèis Ghàidhlig Ghlaschu
Bha coinneamh agam le Lauren Ferguson agus Jenny Williams ann an Glaschu air an 24mh dhen Fhaoilleach. Tha iad a' faighinn deiseil son Fèis air an 9mh – 12mh dhen Ghiblean.

Fèis Òigridh Ìle is Diùra
Bha Fèis ann an Ìle eadar an 13mh agus an 15mh dhen Ghearran agus bha 60 com-pàirtichean an làthair le 9 oidean. Bha mi cuideachadh cuideachadh an comataidh airson an Fhèis ga chur air dòigh le bhith faighinn na h-oidean, a' clàradh nan com-pàirtichean agus a' cur biadh agus leintean-T air dòigh is mar sin air adhairt.

Fèis Phàislig
Bha coinneamh agam còmhla ri Grant McFarlane ann an Glaschu air an 25mh dhan Fhaoilleach. Fhuair iad Oifigear an Ionmhais gus sùil a chumail air na cunntasan aca agus airson siostaman a stèidheachadh. Tha buidheann tighinn thall bho Saritoga Springs ann an Aimeireagaidh agus bidh bùth-obrach aca air an 2mh dhen Ghiblean ann an Glaschu còmhla ri cluicheadairean òga bho Fèis Phàislig. Bidh Chloë Bryce agus Calum Macilroy a' teagasg air an latha.

Pasgan Taic nam Fèisean
Tha mi ag obair còmhla ris an Sgioba Leasachaidh airson a' Phasgan Taic ullachadh airson am bliadhna a tha romhainn. Tha sinn an dùil 's gum bi e deiseil airson dol a mach le na litrichean taraigse.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh Gàidhlig
Chaidh ceithir seiseannan trèanaidh air adhairt le Ingrid NicEanraig mar oide. Bha 18 clàraichte air a shon ach bha na h-àireamhan a bha nochdadh fada na b' ìsle.

Consultation on Intangible Cultural Heritage
Chaidh mi dhan Consultation on Intangible Cultural Heritage air ain 5mh dhen Ghearran.

Co-làbhairt na Mòdan Ionadail
Rinn mi taisbeanadh còmhla ri Nicola air Disathairne an 24mh dhen Ghearran air "A' Fastadh Saor-thoilich' airson co-làbhairn na Mòdan Ionadail.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Fuaran
Chaidh na bhidiothan Fuaran fhoillseachadh air-loidhne air Diluain 19mh dhen Ghearran. Chaidh dà bhidio suas air na meadhannan-sòisealta gach latha tro Seachdain na Gàidhlig agus tha iad uile rim faighinn air an làrach-lin againn a-nis. Gheibh mi còmhradh le Calum Ailig a dh'aithearr mu dheidhinn a' tòiseachadh sreth ùr son 2024.

Ainm	**Calum Alasdair Friseal**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh (Na h-Eileanan an Iar)**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Tha clasaichean air a bhith a' dol fad na teirm-sgoile sa aig Taigh Dhonnchaidh, le clas ùr a' tòiseachadh air 4mh den Mhàirt. Is e sin drumaireachd còmhla-ri Eilidh Young.
- Tha iad air Oidhche Major Duncan is Òrain à Nis a chur air dòigh airson Seachdain na Gàidhlig, a' gabhail àite air an 22mh den Ghearran.
- 'S i Fèis Taigh Dhonnchaidh a' chiad Fhèis den bhliadhna sna h-Eileanan. Tha i a' gabhail àite eadar 1mh - 5mh den Ghiblean am-bliadhna sa agus tha sinn air a shanas mar-thà.

Fèis Tìr a' Mhurain

- Tha Fèis Tìr a' Mhurain air a bhith trang thar mìosan a' Gheamhraidh, le clasaichean-oidhche a' dol ann an seinn, feadan, bocsa, dràma, fidheall agus fideag, le còrr agus 60 com-pàirtiche eadar a h-uile clas.
- Tha obair-bhuidhne aca don fheadhainn as sine cuideachd (12+).
- Tha iad air Fèis na bliadhna a shanas air na meadhnan-sòisealta (8mh - 12mh den Iuchar).

Fèis Eilean an Fhraoich

- Chuir mi iarrtas a-steach don YLAG às leth Fèis Eilean an Fhraoich agus fhuair sinn £3859.96 a bha sinn ag iarraidh gus innealan-ciùil ùr agus PA a cheannachd dhan chòmhlan-chiùil aca.
- Tha an còmhlan-ciùil de dheugairean fhathast a' coinneachadh gach oidhche Mhàirt le mu dhusan sa chòmhlan.
- Tha iad air cuireadh fhaighinn a chluich air an Dihaoine aig HebCelt a-rithist am-bliadhna sa, agus a bhith an sàs ann an iomlaid-phuirt le buidheann à Canada, Na Lumber Jills, a thèid a thaisbeanadh aig a' chuirm-chiùil do theaghlaichean Dihaoine HebCelt.
- Bidh an Fhèis fhèin ann an t-seachdain a' tòiseachadh 22mh den Iuchar- an t-seachdain às dèidh HebCelt.

Fèis Bharraigh

- Tha Fèis Bharraigh air a bhith trang le clasaichean bocsa, feadain agus fidhle, a' mhòr-chuid dhiubh sin air-loidhne, ach bidh iad a' tabhachd chlasaichean fìdhle agus bocsa aghaidh-ri-aghaidh gach 8mh seachdain. Tha measgachadh de chlasaichean 1-ri-1 agus obair-bhuidhne ann.
- Tha bùitean-obrach ann an dannsa Innse Gall a' leantainn cuideachd.
- Bha Fèill Dhannsa aca sa Ghearran, le clasaichean ann an dannsa Gàidhealach, dannsa ceum, dannsa Innse Gall agus pìobaireachd airson dannsa. Bha cèilidh ann le Balaich Bhatarsaigh a' cluich ann cuideachd.

- Rinn iad bùth-obrach clàrsaich còmhla-ri Mairi Jo Chaimbeul air an 24mh den Ghearran.
- Cha d' fhuair iad buill ùra aig a' choinneimh bhliadhnail. Mar sin bheir sinn sùil air mar a dh'fhaodadh sinn barrachd taic a chumail riutha, is Claire a sguir den obair phàighte a bha ise a' dèanamh dhaibh agus an t-airgead a fhuair iad airson Fèis Bharraigh @ 40 ri làimhseachadh cuideachd.

A bharrachd air a sin, tha Fèisean air a bhith ag iarraidh taic le foirmichean-iarrtais Sgeama Tabhartasan nam Fèisean 24/25, foirmichean-tagraidh deireannach 23/24 agus gnothaichean eile.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

A thaobh nan sgilean agam fhìn:

- Tha mi fhathast a' rannsachadh BA Cànan is Cultar na Gàidhlig aig OGE pàirt-ùine
- Rinn mi cùrsa ciad-cobhair aig toiseach a' Ghearrain
- Tha mi ag obair air cùrsa Food Hygiene air-loidhne an-dràst

A thaobh sgilean aig Na Fèisean:

- Thàinig beachd bho na Fèisean gu bheil tòrr dhaoine òga a dhèanadh oidean comasach nam faigheadh iad trèanadh sna h-Eileanan. Mar sin, tha an sgioba leasachaidh an dùil coinneachadh air an 28mh den Ghearran a dhealbh plana airson sheiseanan-trèanaidh do dh'oidean a chur gu dol, gus am bi barrachd oidean ri fhaotainn a tha a' teagasg aig àrd ìre agus ann an dòigh cunbhalach.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha an dàrna leth den turas-iomlaid ri chur air dòigh. Mar sin tha mi air a bhith a' measadh a' chiad leth is ag iarraidh fios air ais bho chom-pàirtichean. Mar sin 's urrainn dhuinn a bhith cinnteach gum bi am pròiseact a' freagairt air amasan agus miann nan daoine òga a tha an sàs ann.
Tha sinn an dùil gun gabh seo àite an Leòdhas le buidheann de dhaoine òga à Èirinn a' tighinn a dh'fhuireach fad deireadh-seachdain is a dhol an sàs ann am bùitean-obrach cìuil agus cur-seachadan eile a bheir dhaibh bogadh ann an cultar an àite.
A-rèir an fhiosrachaidh a fhuair sinn air ais thuige seo, bha gach duine air leth toilichte le mar a chaidh an turas a dh'Èirinn. Chaidh an fhianais sin a chur dhan iarrtas-mhaoineachaidh gu Colmcille airson a leithid a thuras a chur air dòigh a-rithist ann an 24/25.

Chaidh iarraidh oirnn seiseanan Gàidhlig a chur air dòigh tro sheachdain HebCelt na bliadhna sa. Tha mi an dùil seo a chur air dòigh le taic bho dhaoine òga a tha an sàs ann am Fèisean ionadail.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh
Lìbhrig mi seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamh a' bhùird air 8 Dùbhlachd 2023.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh do Luchd-oide Dràma Fèisgoil/ daoine le ùidh ann an oideachadh

Latha Trèanaidh Dràma
Tha mi air a bhith ag obair le mo cho-obraiche Nicola Simpson agus Emily NicDhòmhnaill a tha na Manaidsear Phròiseactan Gàidhlig aig Eden Court gus latha trèanaidh dràma a leasachadh a bhios mi lìbhrigeadh air Disathairne 16 Màrt. Tha an tachartas fosgailte do dhaoine le Gàidhlig eadar 16 agus 25 bliadhna a dh'aois le ùidh ann an dràma a theagasg aig Fèisean no aig club às dèidh na sgoile. Lorgar tuilleadh fiosrachaidh an seo agus foirm-clàraidh an seo

Trèanadh do luchd-obrach Fèisgoil:
Eadar-theangachadh mar-aon
Ghabh mi pàirt ann am bùth-obrach trèanaidh do luchd-obrach Fhèisean nan Gàidheal gus sgilean eadar-theangachaidh mar-aon ionnsachadh. Chaidh a lìbhrigeadh le Mòrag Stiubhart air Dimàirt 19 Dùbhlachd 2023 aig an oifis ann an Inbhir Nis.

Stonewall Learning
Air 9 Faoilleach 2024 rinn mi clàradh air a' chùrsa air loidhne aig Stonewall Learning 'Supporting LGBTQ+ children and young people'

Youth Theatre Arts Scotland: Hub Sgìreil – Inbhir Nis
Bha mi nam chompàirtiche aig an tachartas trèanaidh sgìreil aig Youth Theatre Arts Scotland air 12 agus 13 den Fhaoilleach 2024. Lorgar tuilleadh fiosrachaidh mun tachartas air an làrach-lìn aca an seo.

Spark Festival
Air Dihaoine 19 Faoilleach bha mi an làthair aig an dà thachartas a leanas aig Spark, Fèis de dhealbhan-cluiche ùra a chaidh a chumail aig Eden Court
Spark: Speakout Session: Fit like mo charaid? Scotland's Theatrical Languages
Spark: Scratch Session: Calum Macleòid + Lewie Watson

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Hùb Hàb 2024 - Aig an Siorcas
Rè an Fhaoillich agus a' Ghearrain, sgrìobh mi sgriobt agus leasaich mi planaichean riochdachaidh son an ath phròiseact Hùb Hàb againn a bhios air cuairt airson deich latha eadar 13 agus 24 den Chèitean le dùil gun tèid làithean-deasachaidh a chumail an t-seachdain roimhe ann an Inbhir Nis. Thèid Kit Rodman-Orr fhastadh gus an turas lìbhrigeadh.

Sgoil-shamhraidh Dràma 2024
Tha mi air cinn-latha agus àite airson na Sgoile am bliadhna seo a dhearbhadh.
Tha i fosgailte do thagraichean aig aois na h-àrd-sgoile a tha fileanta sa Ghàidhlig agus thèid a cumail eadar 1 agus 6 den Iuchair 2024 ann am Port Rìgh. Lorgar tuilleadh fiosrachaidh agus foirm-iarrtais air loidhne air ar làrach-lìn aig feisean.org/ssd /

Meanbh-chuileag 2024
Meadhan a' Ghearrain, thòisich mi a' leasachadh agus a' rannsachadh bheachd son dealbh-chluich airson a' phròiseact tèatar-oideachaidh againn Meanbh-chuileag a tha ag amas air clann-sgoile eadar C5 agus C7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh an dealbh-chluich stèidhte air an agus sgeul mu Lia Fàil agus Kay NicMhathain agus mar a chaidh a' chlach a shaoradh o Abaid Westminster ann an 1951. Feumar na cinn-latha a dhearbhadh ach thathar an dùil turas fichead latha a dhèanamh leis an dealbh-chluich aig toiseach an ath bhliadhna sgoile.

Panto Gàidhlig 2024
Dheasaich mi dreach phlana son sgriobt ùr a bhios ag amas air clann-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eadar C2 agus C7. Thèid triùir chleasaichean fhastadh gus an turas lìhbrigeadh le dùil gum bi e gabhail àite eadar 25 Samhain agus 6 Dùbhlachd.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis/ Luchd-obrach FnG – Coinneamhan an dràsta 's a-rithist (Zoom/Skype)
Coinneamh sgioba (Skype) – 7 Gearran 2024

Sgioba Fèisgoil – Thèid coinneamhan sgioba a chumail an dràsta 's a-rithist le Eilidh NicCoinnich is Eilidh NicCarmaig air Skype.

Sreath-stiùiriche – Thèid coinneamhan aghaidh ri aghaidh no Skype a chur air dòigh ma bhios taic a dhìth.

'Srùbag' – Bha mi aig coinneamh air 13 Dùbhlachd 2023 a chur Emily NicDhòmhnaill, Manaidsear Phròiseactan Gàidhlig aig Eden Court gus cothrom a thoirt do dhoaine a tha an sàs ann an obair leasachaidh na Gàidhlig ann an Inbhir Nis agus na sgìrean timcheall a' bhaile a thoirt comhla 's eòlas fhaighinn air a chèile.

Coinneamh le Susannah Armitage, Àrd-riochdaire aig Eden Court air Diardaoin 28 Dùbhlachd 2023 mu dheidhinn na duaisean SSP@50 aig an Scottish Society of Playwrights.

Coinneamh Zoom le panail bho Dhuaisean SSP@50 air Dihaoine 19 Faoilleach mun bheachd a chur mi a-steach thuca.

Dà choinneamh le Emily NicDhòmhnaill, Manaidsear Phròiseactan Gàidhlig aig Eden Court air 10 den Fhaoilleach agus 26 Gearran 2024 co-cheangailte ris an latha trèanaidh dràma a thathar an dùil a chumail air Disathairne 16 Màrt.

Coinneamh (Microsoft Teams) le Anthony Steele Co-òrdanaiche taic do bhuill Youth Theatre Arts Scotland air Diardaoin 1 Gearran gus tuilleadh fiosrachaidh a thoirt dha mu obair Fhèisean nan Gàidheal agus m'obair sa. Thachair seso às dèidh dhomh tachart ris aig an tachartas trèanaidh a bh'aca ann an Inbhir Nis.

Coinneamh riochdachaidh Hùb Hàb (Zoom) le Kit Rodman-Orr far an deach an sgriobt a leughadh – 13 Gearrran 2024.

Coinneamh le Sally Swanson (Zoom) gus cothrom fhaighinn innse dhith mu na pròiseactan dràma aig Fèisean nan Gàidheal agus na cothrom a dh'fhaodadh a bhith ann ga fastadh mar chleasaiche agus/ no oidiche drama anns an àm ri teachd – 14 Gearran 2024.

Air Diardaoin 22 Gearran, choinnich mi fhèin agus Eilidh NicCoinnich ri Rita Hunter ann an Inbhir Narainn mar phàirt den obair rannsachaidh againn airson an dealbh-chluiche Meanbh-chuileag mu Lia Fàil agus Kay NicMhathain.

An làthair aig coinneamh (Microsoft Teams) le Rikki Payne, Scottish Youth Theatre agus Emma Barr, Youth Theatre Arts Scotland far an deach na cothroman chleasachd do dhaoine òga le Gàidhlig a leasachadh a thogail – 28 Gearran 2024.

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Seiminearan Cùrsa Teagaisg SMO – 08/02/24 agus 15/02/24
Bha mi fhìn agus Eilidh MB an sàs a-rithist ann a bhith a' lìbhrigeadh sheiminearan do dh'oileanaich teagaisg às dèidh dhuinn a dhèanamh ann an 2022. Bha sinn ag amas air oideachadh a thoirt dhaibh air mar a chleachdar ceòl anns a' chlas gus topaigean a neartachadh agus ceòl a theagasg, ach cuideachd mar phàirt de ghnìomhan àbhaisteach a' chlas. Thug Eilidh MB seachad fiosrachadh air goireasan ciùil a bha ri fhaotainn dhaibh agus thug mise seachad seisean eadar-ghnìomhail le beachdan air na ghabhadh a dhèanamh le òrain Gàidhlig.

NOTA: Bidh àireamhan do na pròiseactan air fad san aithisg ri fhaotainn ann an aithisg Eilidh MB.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

CÀNAN

Blasad Gàidhlig
Tha Blasad Gàidhlig a' cumail a' dol ann an ochd ùghdarrasan ionadail airson Teirm 3, agus tha clàr-ama dearbhte do sgoiltean Àir a Deas airson Teirm 4 mar-thà. Fhuair mi cothrom tadhal air sia sgoiltean far am bithear ag ionnsachadh na Gàidhlig tron phròiseact – Braehead agus St Eunan's (DBanI), Larbert Village agus Carron (An Eaglais Bhreac), agus Àrd-sgoil Abercorn agus St Brigid's (Glaschu). Bha e na thlachd fhaicinn mar a tha e a' dol dhaibh agus bha mi air leth toilichte leis mar a bha na h-oidean a' faighinn air adhart agus tha na sgoiltean air an dòigh cuideachd. Tha iad a' dèanamh fiughair ri chluinntinn mu mhaoineachadh airson 2024/25.

Tabhaich – Tiriodh
Faic aithisg Eilidh MB.

Beairteas
Bha sinn air ar dòigh goireas ùr co-cheangailte ri Beairteas 2023/24 a chur air bhog rè Seachdain na Gàidhlig. Tha Sgeulachdan, Rannan & Tòimhseachain an Taobh Siar a-nis ri fhaotainn air ar làrach-lìn agus air YouTube, làn chriomagan de bheul-aithris taobh siar Leòdhais. Tha an goireas sgrìobhte, cuide ris na dealbhan a rinn na sgoilearan, ri fhaotainn ann an goireas air an làrach-lìn cuideachd leis an dòchas gun tèid aig sgoiltean eile an cleachdadh.

Comhairle Baile Ghlaschu
Thòisich clasaichean oidhche ann an cànan agus cultar a-rithist le luchd-obrach na comhairle rè SnaG air Dimàirt 20/02/24 le ceithir oidean an sàs: Maria NicAsgaill, Lauren NicDhòmhnaill, Peigi Nic a' Phiocair agus Babs NicGriogair. Tha roghainn trì ìrean aig an luchd-ionnsachaidh 's iad a' togail a' chànain le goireasan SpeakGaelic.

Eòlas air a' Ghàidhlig
Siorrachd Rinn Friù an Ear – 07/12/23 agus 05/02/24. Chùm mi taic teignigeach ri Màiri Anna NicUalraig airson an dàrna sheisean. Tha e coltach gun do chòrd na seiseanan gu mòr ris an luchd-obrach a bha an sàs a rèir ais-mholadh bho Megan Nic an t-Saoir, a chur na seiseanan air dòigh.
HIE – Tha mi air a bhith ag obair air bileag mu na h-oidean: Eilidh MB, Art agus Agnes Rennie. Ceann-là tbc.

CEÒL

Iomairt Chiùil na h-Òigridh

Tha seiseanan na bliadhna a-nis deiseil anns a' mhòr chuid de sgìrean a-nis ach Fèis Chataibh, a bhios deiseil air 11/03. Chaidh òran a chur ro na h-oidean am-bliadhna, Hoireann o hò hiri dhiù o, gus 300 bliadhna bho rugadh Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir a chomharrachadh. Bha sinn air leth toilichte clàraidhean fhaighinn bho Iseabail Strachan, a tha na h-oide do dh'Fhèis an Earraich, bho Bun-sgoil Chaol Acain, Bun-sgoil a' Phluic agus Bun-sgoil a' Chaoil is iad a' gabhail an òrain. Chaidh clàradh Sgoil Chaol Acain a sgaoileadh air ar meadhanan-sòisealta air 24/02/24.

Còmhlan nan Clèibh – The Creel Orchestra

Faic aithisg Eilidh MB.

DRÀMA

Hùb Hàb: Aig an Siorcas

Tha planaichean air dòigh airson cuairt anns a' Chèitean agus tha mi air bruidhinn ri sgoiltean ann an Comhairle Siorrachd Pheairt, Comhairle Aonghais, Comhairle Baile Ghlaschu, Earra-ghàidheal & Bòd, Dùn Èideann, Lannraig a Tuath, Lannraig a Deas, Dùn Bhreatainn an Ear, Àir an Ear, Àir a Tuath, Siorrachd Rinn Friù agus Rinn Friù an Ear taobh a-staigh ceala deug. Bidh Kit Rodman-Orr air chuairt feadh nan sgìrean a' tabhainn bùth-obrach eadar-ghnìomhail do na Tràth Ìrean air sgilean siorcais. Tha mi air tòiseachadh air siubhal agus àitichean-fuirich a chur air dòigh.

PRÒISEACTAN FA-LETH

Meanbh-fhèis Chille Mheàrnaig – 06/03/24

'S iad Claire Frances NicNìll (seinn/cèol), Fearghas Rothach (dràma) agus Lauren NicDhòmhnaill (meadhanan/cruthachadh susbaint) a bhios a' tadhal air sgoilearan Acadamaidh Chille Mheàrnaig am-bliadhna gus bùthan-obrach a thoirt seachad air na roinnean gu h-àrd. Bidh cuideachd Q&A leis na h-oidean, farpais-cheist air a' Ghàidhlig agus cèilidh ann gus crìoch a chur air an latha.

A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ meudachadh nan àireamhan aca

Seachdain na Gàidhlig 2024

Bha mi an sàs ann a bhith a' cur air dòigh postaichean mu Fèisgoil airson SnaG air na meadhanan-sòisealta am-bliadhna air na pròiseactan a leanas: Clasaichean Chomhairle Baile Ghlaschu; Blasad Gàidhlig; Sgeulachdan, Rannan & Tòimhseachain an Taobh Siar agus ICO: Donnchadh Bàn @ 300.

Duaisean FilmG 23/02/24

Bha sinn air ar dòigh sponnsaireachd a chur ri duais Cluiche as Fheàrr (-18) aig duaisean FilmG am-bliadhna agus dh'fhalbh mi fhìn ann às leth Fèisean nan Gàidheal. Fìor dheagh oidhche làn òigridh misneachail agus tàlantach.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:

- Coinneamhan gu cunbhalach le sgioba Fèisgoil
- Coinneamh Sgioba 07/02/24
- Coinneamh le sgioba Meanbh-fhèis 16/02/24
- Trèanadh air eadar-theangachadh mar aon le Mòrag Stiùbhart 19/12/23

Bùthan-obrach Early Years Music Scotland

Ghabh mi pàirt ann an dà bhùth-obrach a chur EYMS air dòigh aig deireadh na bliadhna an-uiridh: Music Learning and Young Brains agus Developing Confidence In Language Through Music. Dà

sheisean air leth inntinneach agus cuideachail ann a bhith a' trèanadh oidean Blasad Gàidhlig agus ICO gu h-àraid.

Ainm	**Luke Slater**
Dreuchd	**Rianaire agus oifigear PVG**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- Làimhseachadh leantainneach air rianachd Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig
- Làimhseachadh leantainneach air ionnstramaidean, cùmhnantan fastaidh agus càradh
- Fàirdeal agus clàradh chosgaisean
- Rianachd PVG, sgrùdaidhean agus iarrtasan
- Ùrachaidhean stòr-dàta
- A’ fàs banca ìomhaighean Fèisean nan Gàidheal
- Bithear a' dèanamh obair dealbhaidh a' cuideachadh luchd-obrach eile far a bheil feum aca orm
- ùrachaidhean conaltraidh air feadh siostaman a-staigh

A’ leasachadh sgilean is thàlantan

- Tha mi an-còmhnaidh ag ionnsachadh rudan ùra nuair a bhios mi a’ cleachdadh Mailchimp, Adobe no aplacaid cruthachail sam bith eile.
- Chuir sinn crìoch air cùrsa air WordPress

A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- Ùrachaidhean leantainneach air an làrach-lìn, Sgrùdaidhean Cùise ùra air an cur ris an làrach airson Tasgadh agus MEG
- Cur air bhog agus taic do làrach-lìn Oide
- Ùrachaidhean agus bhideothan ùra gu làrach-lìn Fuaran

Fèisean nan Gàidheal

Gnìomhan bho chòmhraidhean aig co-labhairt 2023

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2024.02(d)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu gnìomhan a chaidh a chur an sàs a dh'èirich à còmhraidhean aig co-labhairt 2023.

Buidhnean Còmhraidh aig Co-labhairt 2023

Bha ùine aig na Fèisean a bha air an riochdachadh aig a' cho-labhairt san t-Sultain 2023 beachdan a thoirt seachad air iomadh cuspair. A rèir fiosrachadh a fhuaras bhuapa bhon uair sin, chuir iad luach air a' chothrom sin agus tha geàrr-chunntas de na còmhraidhean ann am pàipear-taic 1.2024.02(d)-1.

Bhon uair sin, tha an sgioba air a bhith a' meòmhrachadh air na gnìomhan a dh'èirich às na còmhraidhean agus tha adhartas air a bhith ann an cur an gnìomh. Bidh buaidh aig na puingan gnìomh air planadh agus iarrtasan-airgid san àm ri teachd cuideachd.

Tha e cudromach gum faic com-pàirtichean na co-labhairt a' bhuil bho na còmhraidhean a bh' aca agus tha seo a cheart cho fìor dhaibhsan nach robh an làthair.

Ceumannan a dh'ionnsaigh adhartas

Fo gach ceann sa phàipear-taic tha gnìomhan a chaidh aontachadh agus tha ceumannan a dh'ionnsaigh adhartas air am mìneachadh.

Am measg na tha air tachairt gu ruige seo:

- Chaidh stiùireadh air lùghdachadh gualain a dheasachadh agus bidh ceangal ri seo ann an litrichean-tairge a gheibh Fèisean le tabhartasan 2024-25
- Tha an sgioba leasachaidh air tòiseachadh air a' phasgan-taic a th' ann do na Fèisean ùrachadh a bhios a' toirt feart air gu leòr de na puingean còmhraidh
- Tha pàipear ann an 1.2024.02(e) le stiùireadh airson conaltradh eadar Fèisean agus ùghdarrasan ionadail a neartachadh
- Tha stiùireadh anns an sgeama thabhartasan a thaobh pàigheadh do dh'oidean
- Bidh seisean air-loidhne sa Mhàrt airson beachdachadh mu dhòighean ùidh nan deugairean a chumail anns na Fèisean.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' bhùird:

1. Fa-near a thoirt do na cuspairean a chaidh a thogail le na Fèisean
2. Aonta a thoirt do na gnìomhan san fharsaingeachd
   agus
3. Beachdan a thoirt air na ceumannan a dh'ionnsaigh adhartas gu ruige seo.

Art MacCarmaig
Ceannard
Am Màrt 2024

Co-labhairt 2023 | 2023 Conference
Puingean Còmhraidh agus Gnìomhan | Discussion Points and Actions

Over the Friday evening and Saturday morning those who attended the Fèisean nan Gàidheal conference split into three group and discussed a number of issues related to Fèisean. Below is a summary of some points raised during those discussions.

1 **TEACHD A-MACH** | COSTS

1.1 **Cosgaisean bith-beò** | Cost of living

Cost-of-living challenges are having an impact on communities across the country. Rising costs are forcing Fèisean to seek alternative arrangements for accommodation, catering, venues etc.

Fèisean assist families to attend their events in the following ways:

- Free or discounted places
- Reduced prices for additional participants from the same family
- Pay what you can

GNÌOMHAN

- Fiosrachadh a thoirt do na Fèisean mu na roghainnean eadar-dhealaichte a th' aca.
- Am brosnachadh oidhirp a dhèanamh cothrom a thoirt do chom-pàirtiche sam bith a dhol an sàs anns na Fèisean.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS

- Tha an obair seo a' dol air adhart 's gabhaidh na h-oifigearan an cothrom seo a thogail seo le na Fèisean a-rithist nuair a bhios sinn a' deiligeadh ris na tabhartasan.
- Brosnaichidh sinn na Fèisean a bhith a' coimhead air cothroman ionadail airgead a thogail son cuideachadh le cosgaisean gus cothroman a thoirt do chom-pàirtiche sam bith a bhith an sàs ma bhios sin a dhìth.

1.2 **Màl nan sgoiltean** | School lets

Charges for school lets are very challenging and becoming unsustainable. A number of Fèisean are having to seek alternative arrangements for their weekly classes, workshops and main Fèisean. There are examples of cheaper venues been sourced such as colleges, church buildings, community centres and Boys Brigade halls. It was noted that not all communities have additional facilities and that schools are often the only, or best, option.

Groups discussed ways to build stronger links with schools, engaging with local councillors to gain their support and try and find a way to make schools more affordable as the work of the Fèisean contributes greatly to wider education.

In some areas it was noted that schools are still free to use, or at least for a minimal charge, which all delegates deemed to be perfectly reasonable.

GNÌOMHAN

- A' cumail a' dol comhairlichean a bhrosnachadh ùidh a ghabhail anns na Fèisean.
- A' brosnachadh chomhairlean gun chosgais mì-reusanta a chur air Fèisean nuair a bhios sgoiltean gan chleachdadh
- Fèisean a bhrosnachadh dàimh le comhairlichean a neartachadh – cuiridhean a thoirt dhaibh gu tachartasan msaa.
- Fèisean a bhrosnachadh cuideam a chur air comhairlichean rudeigin a dhèanamh gu h-ionadail mu chosgaisean sgoiltean.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS

- Brosnachadh Fèisean a' bhith a' togail dàimh leis na comhairlichean ionadail aca, le bhith toirt cuireadh dhaibh tighinn gu tachartasan 's gum faigh iad eòlas air an fhèis agus mar a tha iad air an ruith 's na dùbhlain a tha mun coinneamh, gu h-àiridh prìsean sgoiltean 's msaa.
- Nì sinn cinnteach gu bheil fios aca cò na comhairlichean a th' aca agus gu bheil seòlaidhean p-d aca dhaibh.

1.3 **Tuarastail oidean** | Tutor fees

Discussion centred on the level of fees been paid by Fèisean which, according to conditions of Fèisean nan Gàidheal's funding from Creative Scotland, should be in line with industry standards such as those set by the Scottish Artists' Union, Musicians' Union and Equity.

A number of Fèisean present had either reached this target or made good progress in recent years in trying to get to this level of pay. Other Fèisean are still quite short of the target and there is a desire to do this but more funding/fundraising/income from programme delivery is required.

Fèisean nan Gàidheal is a Living Wage Employer which means that nobody should be paid less than the Real Living Wage when they work for us.

Fèisean should note outcomes expected of Fair Work First and the requirement, as a recipient public funding, for Fèisean nan Gàidheal to comply with this initiative. It is very likely that funding in the future, devolved to us for disbursement to Fèisean, will carry a condition that Fèisean pay industry standard rates.

Below are some points raised in the discussion:

- Going for the musicians union rate – can get a professional approach from musicians. They are there on a fully professional level. It's been a benefit paying MU rates.
- No complaints about payscales but tutors have all come through the Fèis and are committed to the cause – as close as they can be to MU rates
- Work is a portfolio – will get full rate for some gigs and not for other things. Tutors only take on the work they want.
- Local people are teaching – they get their pay from their work holiday pay and then they also get their fee so they see it as a bonus. Just losing a week of holiday.
- What could you cut without cutting the experience? If we try and keep running Fèisean but with ever increasing costs, what can we cut back on that won't reduce the experience for the children?
- Tutors haven't asked for MU rates themselves but Fèis would rather pay their tutors well than expensive school lets! Just moved up their rates.

GNÌOMHAN
- A' daingneachadh do na Fèisean uile gum bu chòir dhaibh a bhith a' pàigheadh tuarastal a tha cothromach agus a rèir molaidhean nan aonaidhean.
- A' toirt rabhadh do an Fèisean gur dòcha nach bi roghainn ann ma shoirbhicheas leinn maoin fhaighinn bho Alba Chruthachail bho 2025 air adhart. Mar sin, 's dòcha gu bheil bliadhna aca an ceann-uidhe sin a ruighinn.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS
- Dèanamh cinnteach gu bheil iad mothachail dhan stiùireadh a th' againn son nan tabhartasan agus a' togail nam puingean seo leotha anns na còmhraidhean a bhios againn sna seachdainean ri thighinn.

2 **TEACHD A-STEACH** | INCOME

2.1 **Maoineachadh** | Funding
Fèisean delegates shared some of their funding experiences, what had worked well for them and opportunities there are to apply for support. Funds discussed included the following:
Tesco Community Grants
Calmac Community Fund
Coop Local Community Fund
William Syson Foundation
Bòrd na Gàidhlig's Taic Freumhan Coimhearsnachd
Awards for All
Tasgadh
Maoin nan Ealan Gàidhlig

There was also mention of some opportunities at a local level through Windfarms, Trusts and Community initiatives. An eye should be kept on opportunities through Coastal Communities and Crown Estate Scotland Community Capacity Grants. The Scottish Rural Network also has a funding search engine which can be used to filter suitable opportunities.

GNÌOMHAN
- Fiosrachadh a chumail gu cunbhalach ri Fèisean mu chothroman maoineachaidh.
- Taic a chumail ri Fèisean airgead a shireadh bho thùsan eile a bharrachd air stòrasan Fèisean nan Gàidheal. Bidh seo gu sònraichte cudromach anns a' bhliadhna a th' air thoiseach oirnn (2024-25) le dùil ri suidheachadh ionmhais gu math teann.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS
- Tha seo a' tachairt gu cunbhalach. Nuair a thèid na tabhartasan aontachadh bidh cothrom againn clàr ullachadh a sheallas far a bheil beàrnan 's far a bheil feum air airgead a thogail.
- Thèid ùrachadh a dhèanamh air a' phasgan-taice a bhios feumail do na Fèisean.

2.2 **Togail airgid** | Fundraising
A number of Fèisean are actively fundraising on a regular basis and were happy to share their ideas and experiences. Other Fèisean felt that, since covid, they haven't been as active and were keen to develop this.

Some of the ideas shared are below:
- Bag packing with Fèis participants providing music in shop foyers
- Fun runs ahead of the Fèis
- Monthly strùpag with Gaelic classes for adults and children's activities
- Regular Cèilidhs
- Soup and pudding events

- One Fèis has the opportunity to take over an empty shop for a month and sell donated items, which raised an incredible amount during this week to support the Fèis
- Raffles
- Throw the coin at the bottle at events
- Quiz nights.

GNÌOMHAN
- Fiosrachadh mu dheagh chleachdaidhean a sgaoileadh air na Fèisean bho àm gu àm airson beachd a thoirt dhaibh mu na ghabhas dèanadh a thaobh airgead a thrusadh.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS
- Nì sinn oidhirp fiosrachadh feumail mar seo a thoirt a-steach don phasgan-taice. Nì sinn barrachd sansachd air deagh chleachdadh is naidheachdan mu iomairtean soirbheachail aig na Fèisean tro na meadhanan sòisealta, Faileas agus an làrach-lìn airson beachdan a thoirt do na Fèisean air fad.

3 **LEASACHAIDHEAN** | DEVELOPMENTS

Time became more limited as groups reached the final points for discussion but the following active and proposed developments were shared:
- Annual Fèis has been maintained at the same size but additional projects have been developed including fiddle group, cèilidh band for teens and shinty classes
- Two Fèisean were keen to develop choral/group singing opportunities. Need for training.
- One Fèis has been offering Gaelic classes to support their local school who have staff shortages and they are keen to develop this and their aim is to respond to demand rather than growth for the sake of growth.
- A Fèis has invited a band along to offer workshops to be followed by a concert
- Development opportunities for teens and keeping young people at this age engaged is a priority for many Fèisean.

GNÌOMHAN
- Seisean air-loidhne a chur air dòigh airson beachdachadh mu dhòighean ùidh nan deugairean a chumail beò.
- A' beachdachadh air stiùir a thoirt do na Fèisean a thaobh buidhnean seinn agus 's dòcha trèanadh a chur air dòigh do dhaoine a dh'fhaodadh a bhith os an cionn.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS
- Tha sinn an dòchas seisean air-loidhne a dhèanamh le 3/4 Fèisean (agus com-pàirtichean) aig deireadh a' Ghearrain ag innse mu na pròiseactan/iomairtean soirbheachail aca airson deugairean. Bidh an sgioba leasachaidh an làthair ach leigeil le na Fèisean stiùir a ghabhail air a' chòmhradh son ionnsachadh bho chèile.
- Buidhnean seinn: Tha CA dol a bhruidhinn ri Eilidh NicCoinnich gus beachdachadh air mar a ghabhadh seo a ghluasad. Cothrom coimhead ri cruinneachadh sònraichte steidhichte air òrain Ghàidhlig aig leithid Blas san àm ri teachd.

4 **RIAGHLADH** | GOVERNANCE

There wasn't an opportunity to discuss this in much detail within the groups. Some attendees discussed the need for more information for new committee members so they had a better understanding of what exactly a Fèis is, who Fèisean nan Gàidheal are and how everything works. The Fèisean nan Gàidheal Support Pack was highlighted as a useful tool but perhaps a need to look at an introduction pack/video/online meeting to support committee members.

GNÌOMHAN

- Taisbeanadh a chur ri chèile a' mìneachadh dè th' ann am Fèis, an taic a bhios ri fhaotainn bho Fhèisean nan Gàidheal agus dleastanasan buill nan comataidhean.
- Taisbeanadh eile a dhìth a ghabhadh a chleachdadh leis na comataidhean aig toiseach gach Fèis a' mìneachadh àite na Gàidhlig agus dòighean a cleachdadh (a' gabhail a-steach briathrachas), dleastanasan nan oidean, riagailtean a thaobh dìonachd 's mun iomairt *Bruidhinn Rium* agus cudromachd gnìomhan a chur an sàs cleachdadh gualain a lùghdachadh.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS

- Bha sinn am beachd gum biodh e math sreath bhideothan goirid a dhèanamh son mìneachadh a thoirt seachad air na tha a' bhuidheann againn a' dèanamh. A thuilleadh air sin bidh am pasgan-taic ann mar ghoireas.
- A' chiad cheum, coimhead air a' Phasgan-taic agus soilleireachadh a dhèanamh air na h-earrannan far am biodh bhideothean feumail.
- An uair sin bhideothan do luchd-teagaisg a dhèanamh cuideachd son rudan a shoilleireachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig, dleastanasan, dìon-chloinne is msaa. Bidh am pasgan-taice ann dhaibhsan cuideachd, is bhiodh an dà chuid air an cur còmhla mar phàirt de thrèanadh nas fharsainge.
- A' clàradh deagh eisimpleirean de leasachadh is cleachdadh na Gàidhlig airson a thoirt seachad do na Fèisean air fad.

5 TAIC A DHÌTH AGUS CÒMHRADH FOSGAILTE | SUPPORT NEEDED AND OPEN DISCUSSION

To bring the discussion groups to a close there was a discussion regarding the support Fèisean require and any general points attendees were keen to raise. The following points were raised:

- Although Fèisean have seen good recovery in the last year, numbers are still slightly down for some. Covid has had an impact on many children having had the opportunity to attend a Fèis or classes, so there is a need to raise the awareness of the opportunities Fèisean give to young people. An online campaign with school visits/roadshow were highlighted as ways to engage with children and families. Making use of existing projects such as YMI to target new participants was also mentioned.
- Some participants aren't as confident or sure since the Covid pandemic and more opportunities to increase their confidence would be welcome.
- Fèisean are keen to hear ideas of how to keep secondary school age children engaged. Some suggestions were made including teen groupwork, exchanges, masterclasses, teen Fèisean - where they have separate classes from younger participants.
- Also, important to give young people a voice. What do they want to see at Fèis? Who do they want to teach them at their Fèis?
- Some Fèisean were keen to have more training opportunities for younger local tutors.
- Choral/Group singing was raised as a point of development with a need to train tutors/conductors/leaders on how to get young people singing together.
- Fèisean are also keen to explore ways in which they can reduce carbon emissions. The session at the conference had been very thought provoking and some of the attendees were keen to discuss in more detail with their committees how they could do more in this area. It would be helpful to share ideas and good practice among Fèisean.

GNÌOMHAN

- Taic a chumail ri Fèisean na tachartasan aca a reic.
- 'S dòcha gu bheil feum air sanasachd san fharsainge air na Fèisean, na tha an sàs annta agus na buannachdan a bhios ann bhuapa.
- Feum a dhèanamh de dh'oidean YMI, a bhios a' tadhal air sgoiltean, fiosrachadh mu na Fèisean ionadail a sgaoileadh air sgoilearan.

- A' cur sùil ri buidhnean còmhraidh a chur air dòigh le òigridh, gu sònraichte deugairean, airson am beachdan a shireadh mu na Fèisean agus na bhios gan cumail-sa an sàs annta.
- Fiosrachadh a sgaoileadh mu chleachdadh gualain a lùghdachadh.
- Seisean no dhà air-loidhne a chur air dòigh tron bhliadhna a tha romhainn airson cothrom a thoirt do na Feisean, nach robh an làthair aig a' cho-labhairt, barrachd fhaighinn a-mach agus ionnsachadh mu dheagh chleachdaidhean a tha follaiseach ann an cuid de dh'Fhèisean.
- Fiosrachadh a sgaoileadh mu lùghdachadh pàipeir agus stiùir a thoirt do na Fèisean mu còdan QR a chleachdadh agus stuth foillsichte a chumail ann an cruth didseatach a-mhàin, no co-dhiù a' tòiseachaidh air slighe gu ruige sin.

CEUMANNAN A DH'IONNSAIGH ADHARTAS

- Chaidh fiosrachadh a dheasachadh mu chleachdadh gualain a lùghdachadh.
- Checklist margaidheachd ùrachadh do na Fèisean le frèamaichean-ama.
- An cuideachadh le stòr-data de phaipearan-naidheachd/meadhanan eile agus buidhnean air-loidhne son sanasachd.
- Bhideo – Dè th' ann am Fèis? No Fèisean ionadail a' cruthachadh bhideothan goirid son mìneachadh dè tha san amharc aca le Fèis/pròiseactan. Cuideigin a' dol timcheall a' clàradh Fhèisean is agallamhan le buill chomataidhean.
- Còmhradh a dhìth le Eilidh M agus Eilidh C, a dhèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh mu thachartasan Fèise aca airson a sgaoileadh tro oidean YMI. Thèid dearbhadh cuin' a tha na h-oidean anns na sgoiltean agus gu bheil sinn a' cumail a' mhìosachain Google ùr agus an làrach-lìn.
- Far a bheil buidhnean a' tighinn ri chèile gu bheil sinn a' feuchainn ris na beachdan aca fhaighinn mu na Fèisean. Cuideachd bho cheisteachain an dèidh thachartasan. Cothroman a ghabhail tadhail air sgoiltean son bruidhinn ri deugairean mu Fhèisean/FnG agus beachdan a chruinneachadh san dòigh sin.
- Bidh na bhideothan, am pasgan-taic, naidheachdan is eile feumail son deagh chleachdadh a shoilleireachadh do na Fèisean. 'S dòcha gum b' fhiach coimhead ri buidheann-chòmhraidh nas fhaide air adhart air a' bhliadhna le riochdairean Fèise a' toirt seachad an eòlas/deagh chleachdadh aca air cuspair sònraichte.
- Bhideo goirid mu lùghdachadh pàipeir agus stiùir sa phasgan-taice air mar a ghabhadh seo a thoirt gu buil le QR codes is eile.
- Pasgan-taic – dèanamh cinnteach gu bheil e nas fhasa a lorg agus a chleachdadh tron làrach-lìn.

Fèisean nan Gàidheal

Ag obair le Ùghdarrasan Ionadail: Stiùireadh do na Fèisean

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2024.02(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu stiùireadh a tha sinn a' moladh a chur gu Fèisean.

Bun Fhiosrachadh

Mar a chithear bho na pàipearan an cois 1.2024.02(d) agus 1.2024.05(a), bha dàimhean le ùghdarrasan ionadail mar phàirt de chòmhraidhean leis na Fèisean aig ar co-labhairt an-uiridh.

Mar a rinn sinn le ceumannan a dh'ionnsaigh na tha sinn a' cosg de gualain a lùghdachadh, tha sinn air stiùireadh ullachadh do na Fèisean air dòighean anns am b' urrainn dhaibh conaltradh nas fheàrr a bhrosnachadh le oifigearan agus buill nan ùghdarrasan ionadail.

Ag obair le Ùghdarrasan Ionadail: Stiùireadh do na Fèisean

Tha pàipear 1.2024.02(e)-1 a' toirt beagan co-theacsa agus a' tabhann raointean air am faodadh Fèisean beachdachadh ann a bhith a' cruthachadh deagh chàirdeas le oifigearan agus buill na comhairle ionadail aca.

Mar a chaidh a mhìneachadh san stiùireadh, cumaidh oifigearan Fèisean nan Gàidheal orra a' tagradh airson barrachd taic, no an taic a th' ann mar-thà a ghlèidheadh, do na Fèisean.

Nuair a thig e gu ùghdarrasan ionadail, ge-tà, tha comhairlichean agus oifigearan tòrr nas dualtaich èisteachd a thoirt do ghuthan ionadail na tha iad do bhuidheann nàiseanta.

Bidh an stiùireadh seo a' nochdadh ann am Pasgan Taic nam Fèisean nuair a bhios sin ùraichte. Tha sinn an dòchas gun toir e cuideachadh do na Fèisean le beachdan mu chuid de dhòighean san gabhadh dàimh a thogail leis an ùghdarras ionadail aca a bhios buannachdail dha chèile.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

1. Ceistean sam bith a th' aca a togail a thaobh an stiùiridh a thathar a' moladh
2. Puingean sam bith eile a mholadh a tha iad a' smaoineachadh a bu chòir a bhith ann

agus

3. Le atharraichean sam bith, aonta a thoirt ri teacs an stiùiridh.

Calum A MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Am Màrt 2024

Working with Local Authorities Guidance for Fèisean

1 Background

Fèisean across Scotland have benefitted from support of local authorities over many years. Fewer now support cultural activities directly as this is a service area often devolved to arms-length organisations. However, most local authorities still control school buildings, and the letting policies for them, and many will have access to funding which could assist the Fèisean.

Following discussions held at our 2023 conference in Nairn, we have drafted this short guidance paper to support Fèisean with examples of how they could communicate and develop fruitful relationships with their local authority officers and councillors.

2 Areas for Consideration

- **Cultural, Social, Economic, Linguistic and Wellbeing Impacts of your Fèis**
- **Gaelic development**
- **School lets**
- **Relationships with local councillors**
- **Funding**

2.1 Cultural, Social, Economic, Linguistic and Wellbeing Impacts of your Fèis

One way to persuade your local council that it should support your Fèis is by reinforcing that you are not looking for a handout, but that participation in your Fèis generates many positive social outcomes for young people, enhances their education and engages them with Scottish culture including the Gaelic language. Since you are paying tutors as well as accommodating and feeding them, there are economic benefits for local providers and income for the tutors which are most often freelance artists.

We would encourage Fèisean to consider the following:

- As part of a movement your Fèis is involved, along with all the others, in delivering a wide range of outcomes, which your local authority should wish to support, many of which are explored in more depth in this report, which we would encourage you to read. There is also a film online here which demonstrates the impact participation in Fèisean had on a few familiar faces.
- There are fewer things more powerful to local authorities than young people talking about their experiences and you may wish to consider producing a short video featuring some of your young participants, which you could use as an advocacy resource.

2.2 Gaelic Development

The work of Fèisean over the last 40 years has contributed significantly to the development of the Gaelic language in communities across the country.

All Fèisean are required to use the Gaelic language in their activities. Most local authorities in which Fèisean take place will have a Gaelic Language Plan. Those with plans will have an officer with responsibility for Gaelic.

Gaelic Language Plans are statutory documents which outline commitments made by local authorities as to how they will promote and use the Gaelic language as well as, in most cases, provide education in the language for young people and adults.

All local authorities have to consult on the provisions in their Gaelic Language Plans and Fèisean, as well as individuals involved as parents or tutors, should participate in such consultations and ensure that support for your local Fèis is an undertaking in the plans. This binds local authorities to support your activities, although to what extent will depend on what you can get them to agree.

We would encourage Fèisean to consider the following:

- Committees should participate in consultations on Gaelic Language Plans and strive to ensure there are commitments in them to support Fèis activities.
- Where there is no existing relationship, Fèisean should establish contact with officers who have responsibility for Gaelic and explore opportunities for collaboration.
- Assistance with Gaelic development within your programme could be sought from local authority Gaelic officers, which could include in-kind support. This helps them, and you, deliver a wider range of activities in the language.

2.3 School Lets

Fèisean have faced a significant rise in school let charges which is a barrier to organising activities in some communities. Some Fèisean have been able to source alternative venues but, for many, the school is the only suitable choice.

